


Leugh agus Leasaich

Taibhse Gràinne O'Màilidh

Notaichean an Tidseir



Ro-Eòlas

LIT 3-13a

1. Coimhead ris a' chòmhdach. Cò mu dhèidhinn a tha thu a' smaoinichadh a bhios an leabhar?
2. Dè a th' ann an taibhse? Inns beagan mud eòlas air taibhsean.
3. Dè seòrsa deilbh a tha air a' chòmhdach agus dè nad bheachd a tha iad a' ciallachadh?
4. Coimhead ris a' bhlurb. Nad bheachdsa, cò a bh' ann an O'Màilidh?
5. Cò an t-ùghdar?
6. Cò rinn deilbh airson an leabhair?
7. Cò dh'fhoillsich an leabhar?
8. Airson beagan a bharrachd tuigse fhaighinn air an leabhar seo, feuch gum faigh thu a-mach beagan mu sgeulachd Grace O'Màilidh no Gràinne O'Màilidh no 'Banrigh nan Spùinneadaran'.
9. Le ainm mar Gràinne **O'Màilidh**, càite a bheil an sgeulachd seo a' tachairt? Carson?

Ceistean

GAI 3-17a

1. Coimhead ris a' chiad duilleag. Dè an seòrsa dealbh a tha sinn a' faighinn den àite seo? (td.1)
2. Dè a tha Smigean a' ciallachadh agus carson a tha thu smaoinichadh a thug i an t-ainm sin air a' chlaigeann? (td.2)
3. Saoil carson a dh'fhàs i an-fhoiseil mu dheidhinn a' chlaiginn às dèidh greiseag? (td.2)
4. Thiodhlaic Seasaidh an claigeann. Carson a rinn i seo? (td.3)
5. "... **mus do thòisich an còrr.**" (td.4) Dè a tha thu smaoinichadh a tha a' dol a thachairt ann an caibideil 2? Mìnich carson.

6. Coimhead ri td.5. Carson a bha e cho cudromach gum biodh ceò ann air a' chnoc?
7. Cò bh' ann am Mgr Barnaidh? Carson nach robh dragh aice mu dheidhinn? (td.6)
8. Dè th' ann am paralisis? Coimhead ris a' cho-theacsa, dè am **paralisis grànnda** a bh' aig Seasaidh? (td.6-7)
9. Thoir seachad fianais, ag innse gun do dh'fheuch Seasaidh an Cnoc Mòr a shreap roimhe seo. (td.5-8)
10. Carson a dh'fheumadh Seasaidh a bhith na b' fhaiceallaich às dèidh an eas? Thoir seachad dà adhbhar eadar-dhealaichte. (td.9)
11. Ciamar nach do dh'fhairich i am fuachd nuair a thuit i dhan lòn? (td.10)
12. Mìnich mar a thachair dha Seasaidh agus an guth annasach. Feuch ri innse nad fhacail fhèin. (td.10-15)
13. Coimhead ri td.16-17 far an tàinig cuimhne Sheasaidh air ais thuice mun turas sgoile aice air a' chnoc. Carson nad bheachdsa a bha i airson an cnoc seo a shreap a-nis?
14. Ciamar a bhiodh Seasaidh a' faireachdainn a' faicinn a h-uile duine eile aig mullach a' chnuic agus Mrs Burke ag innse dhi nach eil feum innte? Mìnich carson. (td.17-18)
15. Carson a thòisich Seasaidh a' faighneachd cheistean don ghuth gun bhodhaig? (td.20)
16. Nuair a bhruidhinn an guth rithe, fhreagair i ann an guth coltach ri sanais. Carson a tha thu a' smaoinichadh a rinn i sin? (td. 22)
17. Saoil carson nach robh i airson a co-ogha tighinn a dh'fhuireach còmhla riutha? (td.25-26)
18. Mìnich carson a bhiodh màthair Seasaidh fiadhaich leatha. (td.25-26) Nam b' e tusa a bhiodh ann, ciamar a bhiodh tu a' faireachdainn às dèidh an t-sreap mhòir? Carson?

Briathrachas

GAI 3-12a

- achadh (td.1)
- daraich (td.1)
- a' buain (td.1)
- creutair (td.1)
- fiolan-feòir (td.1)
- smigean (td.2)
- peacaidhean (td.2)
- aideachadh (td.2)
- cagar (td.3)
- comharra (td.3)
- fàilligeadh (td.5)
- dìdearachd (td.6)
- seidrich (td.7)
- cliobach (td.7)
- a' miannachadh (td.8)
- clais (td.8)
- toman (td.8)
- raineach (td.8)
- eas (td.8)
- màgan (td.8)
- gàirdeachas (td.9)
- faothachadh (td.10)
- ulbhag (td.10)
- ionaltradh (td.11)
- sgàineadh (td.11)
- luchd-pìocaidh (td.12)
- luchd-smiot (td.12)
Rannsaich am facal smiot.
- luchd-dùdaich (td.12)
- dris (td.16)
- othail (td.18)
- sgairteil (td.18)
- fuanan (td.21)
- failbhein (td.21)
- umha (td.21)
- uilinn (td.26)
- samh (td.26)

Prìomh Bheachdan

LIT 3-16a

Bhiodh Seasaidh an-còmhnaidh a' dol a-mach air an achadh airson cnàmhan a lorg. Bhiodh a h-athair a' togail fiodh an seo cuideachd airson an teine. (td.1) B' e àite iomallach a bha seo.

B' e Smigean a thug i air an claigeann a bha coltach ri claigeann dhuine oir bha gàire an-còmhnaidh air. Dh'fhàs i an-fhoiseil mu dheidhinn às dèidh greiseag. (td.2)

Thiodhlaic i an claigeann oir thuirt Mgr Gerald gum bu chòir don chorp a bhith san talamh airson 's gum biodh an anam aig fois. (td.3)

Bha i airson An Cnoc Mòr a shreap ach dìreach sa cheò 's nach fhaiceadh duine i. B' e cnoc mòr, àrd a bh' ann. (td.5-6)

Bhiodh an asal, Fodar, a' dol còmhla rithe a h-uile àite. (td.6) Bhiodh e ga putadh aig an àm cheàrr agus bha e duilich lùths fhaighinn a-rithist airson coiseachd. (td.6-7)

Dh'fheuch i an Cnoc Mòr a shreap roimhe seo. (td.8) Ràinig i an eas ach a-nis, fhuair i seachad air. Bha an rathad mar allt agus cha b' aithne dhi an slighe a-nis. Bha e a' cur eagail oirre. (td.9)

Thuit i do lòn fhuar ach bhuail i a ceann air clach a bha fon uisge. (td.10) Bha aisling neònach aice mu Shnaigean agus na creutairean eile a' còmhradh 's a' gàireachdainn còmhla sa bhothan. (td.10) Dhùisg i agus bha fuil a' dòrtadh bho a ceann. (td.11)

Thòisich guth a' bruidhinn rithe. Bha e a' bruidhinn mu mhodh nuair a shèideas thu do shròin. (td.12-13) Thug e oirre cumail oirre an àite a bhith a' faireachdainn duilich dhi fhèin. (td.14-15) Dh'fhairich i gàirdean ga togail an àrd.

Chuimhnich i mun turas sgoile aice far nach b' urrainn dhi an cnoc a shreap. Bha na tidsearan ga cumail air ais agus a' dèanamh othail timcheall oirre. (td.17)

Bhiodh Mrs Burke a' tarraing aiste gun cuireadh i maill air chàch. (td.18) Ràinig i mullach a' chnuic. (td.19)

Thòisich i a' faighneachd cheistean don ghuth gun bhodhaig oir shaoil i gun robh i air a h-inntinn a chall. Cha robh freagairt ann. (td.20)

Bhruidhinn an guth rithe a-rithist nuair a fhuair i lorg air an duais, an fhàinne umha san fhuaran. (td.21-22)

Bha màthair Sheasaidh bho shliochd O'Màilidh. (td.22)

Thug Fodar sìos a' bheinn i agus thug e i air ais dhan achadh far an d' fhuair a h-athair lorg oirre agus thug e dhachaigh i. (td.25-26)

Bha a co-ogha, Seonaidh air an t-slighe a dh'fhuireach còmhla rithe airson fad ùine an t-samhraidh. (td.25)

Samhla-Sùla

LIT 3-06a

1. Coimhead ri td.9 far a bheil sinn a' faighinn dealbh soilleir bhon ùghdar mun t-slighe suas a' chnoc. Feuch gun coimhead thu ris an teacsa seo agus an uair sin feuch ri seo a dhealbhadh mar gur tu Seasaidh. Cò ris a tha e coltach? Dè a tha thu a' faicinn?
2. Chunnaic sinn gun do chuimhnich Seasaidh mun turas-sgoile aice air a' chnoc nuair a bha i na b' òige. Cha d' fhuair i suas an cnoc oir bha i an-còmhnaidh a' tuiteam agus bha na tidsearan a' dèanamh othail mu thimcheall oirre. Coimhead ri td.16-17. Dèan dealbh de Sheasaidh le a sùilean dùinte. Mun cuairt oirre, dèan builleag agus seall dè a tha i a' faicinn. Gheibh thu am fiosrachadh seo air na duilleagan seo.
3. Choimhead Seasaidh mun cuairt nuair a ràinig i mullach a' chnuic. Coimhead ri td.19 agus dèan dealbh den h-uile càil a chunnaic i gu h-ìosal.

Geàrr-Chunntas

GAI 3-19a

Gach prìomh bheachd ann am paragraf. Feumar cuideachd innse mu fhaireachdainnean agus mu na caractaran.

Smaoinich air na cuspairean a bha a' nochdadh ann an seo:

- oidhirp
- strì
- leanaltas
- rùn-dìomhair
- annas
- saoghal neo-fhaicsinneach
- dìomhaireachd
- miann
- misneachd
- os-nàdarra

Dùbhlain a bharrachd

LIT 3-26a	Can gur e thusa Seasaidh. Tha thu dìreach air tighinn sìos an cnoc mòr. Sgrìobh leabhar-latha ag innse dè a thachair agus mar a tha thu a' faireachdainn.
LIT 3-25a HWB 3-16a	Tha e gu math cunnartach a bhith a' sreap bheanntan leat fhèin. Gu h-àraidh nuair a tha iad àrd agus cas agus nuair nach eil an aimsir fàbharach.
EXA 3-03a	Dèan postair ag innse do dhaoine mun chunnartan a tha an lùib seo.

LIT 3-18a	Profaidhl Character. Ciamar a chanadh tu a tha Seasaidh eadar-dhealaichte bho chlann eile an aon aois rithe? Dèan dealbh dhi agus sgrìobh buadhairean mun cuairt oirre ag innse cò ris a bha i coltach.
TCH 3-04a	Coimhead ris na h-ainmean àite air td. 19. Càite a bheil seo air a sheatadh?
SOC 3-14a	Ciamar a bhiod thusa a' faireachdainn a' fuireach ann an seo? Minich an t-àite. Cleachd iPad no laptop airson na h-àitichean seo a rannsachadh.

Ro-Eòlas

LIT 3-13a

1. Mìnich caractar Sheasaidh. Cò ris a tha i coltach? Mìnich le bhith a' cleachdadh eisimpleirean bhon teacsa. Feuch gun toir thu seachad 4 buadhairean eadar-dhealaichte airson innse mu a coltas.
2. Inns dha do charaid dè a thachair ann an caibideil 1-2 ann an 3 seantansan.
3. Dèan geàrr-chunntas den sgeulachd aig Gràinne O'Màilidh. Cò i agus carson a bha an sgeulachd cudromach airson an leabhar seo?
4. Dè nad bheachd a tha a' dol a thachairt ann an caibideil 3-4? Carson?

Ceistean

GAI 3-17a

1. Inns beagan mu Ragabrag, cleachd 3 buadhairean airson a mhìneachadh. Inns carson a thagh thu na buadhairean sin. (td.27)
2. Dè seòrsa facail a th' ann am "bragadaich" agus "glagadaich". Carson a chleachd an t-ùghdar iad seo air td.28? Thoir seachad eisimpleir eile de fhacal eile mar seo.
3. Carson a bha Seasaidh agus a h-athair airson cumail ri sgeulachd breugach mun chnap air a ceann? (td.28)
4. "...nach robh an guth idir coltach ri guth naoimh" (td.29) Mìnich guth naoimh? Dè an eadar-dhealachadh a th' anns a' ghuth sin?
5. Dèan sgrùdadh air coltas Sheonaidh. Dè seòrsa balach a th' ann? Bheir seachad fianais airson do bheachdan. (td.33-35)
6. Le bhith a' leughadh caibideil 3, inns mun chàirdeas eadar Seasaidh agus Seonaidh.
7. Dè a tha "thig earrach gun smeòrach" a' ciallachadh agus carson a thuirte màthair Seasaidh seo? (td.35)
8. Le bhith a' leughadh td37-38, dè a' bheachd a th' aig Seasaidh air a h-athair?
9. Fhuair sinn a-mach gun robh dà bheachd gu tur eadar-dhealaichte aig pàrantan Seasaidh. Dèan geàrr chunntas den cuid bheachdan mun Chnoc Mhòr. (td.38-40)

10. Saoil carson a chur an t-ùghdar "...?" am meadhan seantans air td. 43? Dè a tha seo a' sealltainn dhuinn? Mìnich a' bhuaidh.
11. Nad bheachd-sa, carson a bha Seasaidh airson innse mun turas aice shuas air a' Chnoc Mhòr? (td.43)
12. Chuala Seasaidh an guth ud a-rithist. Ciamar a chuala i e? Ciamar a bhiodh tu fhèin a' faireachdainn nan cluinneadh tu guth annasach? (td.44-46)
13. An dùil carson a bha màthair Seasaidh gu math coltach ris an taibhse san sgàthan? Mìnich do bheachdan. (td.47)
14. Nad bheachd-sa, carson nach robh eagal air Seasaidh bhon taibhse? (td.47-48)
15. Às dèidh dhut caibideil 3 a leughadh, dè am mì-cheartas a tha a' tighinn a-mach gu mòr?

- a dh'ionnsaigh (td.28)
- ceap (td.28)
- buill-stèidhe (td.28)
- fiaradh (td.28)
- bior (td.28)
- meantraig (td.30)
- geur-amharc (td.30)
- drèin (td.30)
- cù-luirg (td.31)
- amharasach (td.32)
- breacadh-seunain (td.32)
- àmhghar (td.33)
- a' buachailleachd (td.37)
- truailleadh (td.38)
- snaigheadar (td.37)
- ginealach (td.40)
- struthan (td.40)
- arsnaig (td.40)
- mèinn (td.40)
- dùrachdainn (td.42)
- ròlaistean (td.42)
- cluigean (td.44)
- liùg (td.43)
- gaoisneanan (td.43)
- burreal (td.46)
- sgàil-riochd (td.46)

Briathrachas

GAI 3-12a

Prìomh Bheachdan

LIT 3-16a

Bha seann chàr aig athair Seasaidh, glè thric cha bhiodh e a' tòiseachadh, b' e Ragabrag a bh' air a' chàr. (td.27-28)

Bha Seasaidh agus a h-athair air an t-slighe sìos chun na h-aiseig airson a màthair a thogail an sin. Bha iad a' cumail ri breug gun do thuit i 's gun d' fhuair i cnap air a ceann gus nach faigheadh a màthair a-mach gun robh i air a' Chnoc Mhòr leatha fhèin. (td.28-29)

Chuala Seasaidh an guth ud na ceann a-rithist. Thòisich i a' smaoinachadh gun robh i a' dol às a ciall. (td.29)

Choinnich Seonaidh agus Seasaidh air a' chidhe agus bha e beagan cearbach oir cha robh duine aca càirdeil ri chèile. (td.30-31) Bha fearg oirre.

B' e balach mì-mhodhail a bh' ann, bha e ag ràdh cho sean 's a bha an càr agus cha do chòrd am biadh no am bùrn ris oir bha blas eadar-dhealaichte air. (td.33-34)
Bha aige ri dhol dhan sgoil còmhla ri Seasaidh.

Fhuair sinn sgeulachd mu mhàthair Seasaidh mus do phòs i, Catrìona O'Màilidh. Thathar den bheachd gun deach i gu tìr mòr airson ball-pàrlamaid fhaicinn airson an Cnoc Mòr a dhìon. (td.36-37)

Bha Mìcheal Murphaidh airson mullach a' Chnuic Mhòir a thoirt dheth airson an òir na broinn fhaighinn a-mach. (td.39)

Thòisich Seumas agus Catrìona (pàrantan Seasaidh) ag argamaid mun Chnoc Mhòr. Bha ise airson a dhìon oir rugadh agus thogadh i mun cuairt a' chnuic. Cha robh diù a' choin aig Seumas, b' e Sasannach a bh' ann 's cha robh ceangal aige ris an àite. Tha beachdan làidir aig Catrìona mu dheidhinn a' chùis. (td.38-41)
Bha i fhèin den bheachd gun robh e seunta 's nach robh i a-riamh na h-aonar an sin. (td.43)

Bha fios aig a pàrantan gum biodh Seasaidh ag innse nam breug 's gum biodh i glè thric a' dol ro fhada leis na sgeulachdan aice. (td.42-43)

Chuir Seasaidh oirre an fhàinne-cluaise a fhuair i aig mullach a' chnuic. Chuala i an guth ud a-rithist agus chunnaic i an t-aodann san sgàthan. (td.44-46)

Thàinig a màthair a-steach don rùm airson a faicinn agus shaoil Seasaidh gun robh i gu math coltach ris an taibhse a chunnaic i san sgàthan. (td.47)

Chaidh Seonaidh agus Seasaidh dhan sgoil, bha coltas ann gun robh iad a' faighinn air adhart beagan na b' fheàrr a-nis. (td.48-49)

Coimhead air còmhach an leabhair a-rithist. Cò a th' ann agus dè a tha thu a' smaoinichadh a tha a' tachairt?

Samhla-Sùla

LIT 3-06a

1. Coimhead ri td. 28 far a bheil sinn a' faighinn dealbh de mhàthair Seasaidh a' tighinn bhon bhàt'-aiseig. Le bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh gu lèir an sin, dèan dealbh de na chunnaic Seasaidh. Mura h-eil thu cinnteach de facal sam bith, cleachd faclair.
2. Fhuair sinn deagh mhìneachadh mu Sheonaidh air td. 32 nuair a bha Seasaidh a' coimhead air. Dèan dealbh de Sheonaidh a' cleachdadh an fhiosrachadh seo. Nuair a nì thu seo, sgrìobh 5 puingeann-fiosrachaidh mun cuairt air, ag innse dè seòrsa nàdar a bh' aige. Feuch gun toir thu fianais seachad airson do bheachdan.
3. Bha Seasaidh na suidhe air beulaibh an sgàthain nuair a chuala i an guth annasach a-rithist. Chunnaic i cuideachd an t-aodann an turas seo. Chaidh a mhìneachadh dhuinn air td. 46. Feuch ri dealbh a dhèanamh den dìthis aca san sgàthan, a' cuimhneachadh nam faireachdainnean a bhiodh aig Seasaidh 's i a' suidhe aig an sgàthan.

Geàrr-Chunntas

GAI 3-19a

Gach prìomh bheachd ann am paragraf. Feumar cuideachd innse mu fhaireachdainnean agus mu na caractaran.

Smaoinich air na cuspairean a bha a' nochdadh an seo:

- càirdeas
- argamaid
- coimhearsnachd
- beachdan làidir
- làithean òga
- aonranas
- miann
- dì-chreideamh
- os-nàdarra

HWB 3-09a	Smaoinich air màthair Seasaidh 's mar a bha i airson an cnoc a dhìon. Dè na còirichean a bhiodh aice airson seo a dhèanamh? Carson a bha e cho cudromach dhi? Cia mheud còir ris a bheil seo freagarrach?
LIT 3-25a HWB 3-09a EXA 3-03a	Can gur e thu fhèin màthair Seasaidh, Catrìona O'Màilidh (Parsons), tha thu airson an cnoc a dhìon bho na daoine a tha airson am mullach a thoirt dheth. Sgrìobh litir gu Mìcheal Murphaidh ag innse dhà do bheachdan agus thoir air an cnoc a chumail. Gheibh thu cuid de na beachdan aig Catrìona air td. 39
LIT 3-18a	Profaidhl Character. Leugh sinn beagan mu dheidhinn Mìcheal Murphaidh agus na bha e airson dèanamh. Feuch gun sgrìobh thu 4 buadhairean mu dheidhinn agus inns carson a thagh thu na buadhairean sin.
TCH 3-04a	Air laptop no eile, dèan postairairson màthair Seasaidh a chuideachadh leis an argamaid aice an aghaidh buill-pàrlamaid. Cuimhnich air a' phrìomh teachdaireachd a th' aice – bu chòir do mhuinntir an àite facal fhaighinn air a' chùis.
LIT 3-02a	Deasbad.

TCH 3-04a

RME 3-07a

Tagh coimhearsnachd le beachd làidir mu rudeigin. A bheil iad airson càil sònraichte a dhìon? A bheil iad ceart an stuth aca fhèin a dhìon? A bheil cultar gu diofar sam bith no am bu chòir don t-saoghal gu lèir “glusad air adhart don linn seo”? B' urrainn dhut coimhead ri càil sam bith mar a leanas:

- Latha na Sàbaid ann an iomadh àite air a dhìon
- Àitichean eachdraidheil air an dìon
- Rannsaich beagan mu Hiort – am bu chòir dhuinn a dhìon?
- Taighean-dubha nan Geàrrannan, Càrlabhaigh - am bu chòir dhuinn taighean mar seo a chumail airson cultar ionnsachadh do dhaoine?

Tòimhseachan-Tarsainn

						1													
	2																		
3																			
										4									
														5					
				6															
7											8								
									9										
											10								

Tarsainn

3. Faireachdainn nuair nach eil thu cinnteach mu rudeigin.
6. Bidh thu a' dèanamh seo le caoraich no crodh
7. Nuair nach eil rudeigin dìreach
9. Facal eile airson cuairt no turas
10. Bidh thu a' cleachdadh rudeigin mar seo airson fighe, tha e uabhasach tana.

Sìos

1. Bidh seo a' milleadh na h-àrainneachd
2. Facal eile airson duilgheadas
4. Bidh seo air d' aodann nuair nach eil thu toilichte mu rudeigin.
5. Obair far am bi thu a' cruthachadh modailean
8. Far am bi sinn a' faighinn gual agus òr. Feumaidh tu cladhach air a shon an seo.

Ro-Eòlas

LIT 3-13a

1. Inns mu theaghlach Sheasaidh. Dè an argamaid a tha san taigh aca an-dràsta?
2. Dè a tha thu fhèin a' smaoinachadh? Am bu chòir do mhullach na beinne a bhith air a thoirt dheth? Carson?
3. Inns 2 rud math agus 2 rud dona mu dheidhinn fosgladh na beinne. Ciamar a bhiodh e math/ dona airson an eilean beag a tha seo?
4. Carson a tha an guth seo an-còmhnaidh a' bruidhinn ri Seasaidh a-nis?
5. Inns 3 rudan a tha thu a' smaoinachadh a tha a' dol a thachairt a-nis agus inns carson a tha thu a' smaoinachadh sin.

Ceistean

GAI 3-17a

1. Carson a bha sùilean nan sgoilearan gu lèir fosgailte tron ùrnaigh an latha seo san sgoil? (td.50-51)
2. Nad bheachd-sa, carson a chuir e cais air Seasaidh gun do chòrd an cliù ùr ri Seonaidh san sgoil? (td.51-52) Ciamar a bhiodh tu fhèin a' faireachdainn an seo?
3. Dè seòrsa gille a bh' ann an Liam Doherty? (td.51-52)
4. Nam biodh do thidsear a' bruidhinn riut mar a bhruidhinn a' Bh-uas Burke ri Seasaidh, ciamar a bhiodh tu fhèin a' faireachdainn? (td.54-55) Dè a dhèanadh tu?
5. Carson a tha thusa a' smaoinachadh gun robh an clas gu lèir nan tost nuair a bha an tidsear a' bruidhinn ri Seasaidh? (td.54)
6. Saoil carson a thug Liam Doherty "Giallan" air Seonaidh? (td.56)
7. An dùil carson a bha Seasaidh airson rabhd a dhèanamh an àrd mu a' Bh-uas Burke? (td.57-58)
8. Thòisich Seasaidh a' faighneachd cheistean mu theaghlach Sheonaidh. Saoil carson? (td.62-63)
9. Dè a tha *a' cur às a corp* (td.63) a' ciallachadh agus dè a tha e a' sealltainn dhuinn mu bheachd Sheonaidh air Marion Mhurphaidh?

10. Nad bheachd fhèin, am bu chòir do mhàthair Seasaidh gèilleadh mun chùis leis a' Chnoc Mhòr? (td.64)
11. Dè seòrsa rabhadh a bha Seasaidh a' faighinn bho Sheonaidh aig meadhan td. 64?
12. Saoil carson nach robh Seasaidh airson smaoinachadh mun argamaid san taigh? (td.65)
13. Nam b' e tusa Seasaidh, am biodh tu airson sreap suas a' bheinn còmhla ri Seonaidh agus a charaidean? Mìnich do bheachdan.
14. Dh'fhaighnich an t-ùghdar tòrr cheistean eadar td. 67-68. Dè a' bhuaidh a th' aig seo? Dè a tha e a' sealltainn dhuinn?
15. Coimhead ris an rud a chunnaic Seasaidh air td. 68-69. An e bruadar a bh' ann no rud fìor? Mìnich do bheachdan.
16. *Nuair a thig an latha, thig comhairle* (td.69) Dè an latha agus an comhairle a tha thu a' smaoinachadh a tha a' dol a thighinn?

Briathrachas

GAI 3-12a

- cais (td.52)
- cuthach (td.52)
- umhail (td.52)
- orc (td.52)
- fòghnaidh (td.53)
- fhuingeadh (td.53)
- piobrachadh (td.53)
- cleith (td.54)
- tost (td.54)
- ciorram (td.54)
- giallan (td.56)
- salachar (td.56)
- cuachail (td.56)
- dùrachdainn (td.57)
- rabhd (td.57)
- fàisg (td.58)
- a' tilgeil (td.59)
- ceann-saighde (td.60)
- sealbhach (td.60)
- comharrachadh (td.61)
- sliseag (td.61)
- calma (td.62)
- gèill (td.64)
- dùrachdach (td.64)
- imrich (td.65)
- mì-ghoireasach (td.65)
- biodag (td.65)
- cuibhrig (td.65)
- a' cnuasnachadh (td.65)
- aithreachas (td.67)
- birlinn (td.69)
- a' slagadaich (td.69)
- a' plabraich (td.69)
- suaicheantas (td.69)
- comhairle (td.69)
- guailnean (td.69)

Prìomh Bheachdan

LIT 3-16a

1. Chuir a' Bh-uas Burke fàilte air Seonaidh don sgoil aca agus bha a' chlann uile a' coimhead air. (td.50-51) Mar sin, lean Liam Doherty 's a' charaidean e airson ceistean fhaighneachd dha. (td.51-52) Bha na h-uidhir de charaidean aig Seonaidh a-nis 's nach deach e faisg air Seasaidh fad an latha. Rinn seo fiadhaich i. (td.52)
2. Cha robh a' Bh-uas Burke uabhasach coibhneil ri Seasaidh. Bhruidhinn i air ais rithe mun dòigh anns a bheil i a' dèiligeadh rithe. Dh'inns i dhi gun do shreap i an Cnoc Mòr. (td.53) Thuirt a' Bh-uas Burke gur e breug a bh' aice. (td.54) Thug i oirre 50 loidhnichean a sgrìobhadh ag ràdh nach deach i suas a' bheinn. (td.54-55)
3. Chluich i fhèin agus Seonaidh air na rollerblades ach cha deach ro mhath leatha leis an seo. (td.56-57)
4. Shaoil Seasaidh nach robh duine ga creidsinn mun t-sreap mhòr. (td.58)
5. Fhuair sinn a-mach nach robh athair Seonaidh idir gu math. (td.58)
6. Cha robh Seasaidh airson a bhith an sàs san argamaid mun Chnoc Mhòr mar a h-athair agus a màthair. (td.59) Cha robh beachd aice mu dheidhinn na cùise.
7. Chaill Seonaidh an ceann-saighde sealbhach aige, cha robh sgeul sam bith air. (td.60)
8. Chuir Seasaidh ceistean air Seonaidh mu dheidhinn a theaghlach agus an cuid airgid. (td.62-63) Cha do rinn seo Seonaidh troimhe-a-chèile. (td.63) Bhruidhinn iad an uair sin air cùis a' Chnuic Mhòir. (td.63-64) An uair sin, bhruidhinn iad mu theaghlach càch a chèile agus an argamaid a bhiodh aig am pàrantan. (td.64)
9. Thàinig a pàrantan air ais bhon bhòtadh mun Chnoc Mhòr. Bhòt a h-uile duine airson mullach na beinne a thoirt dheth ach Mgr Bàrnaidh agus màthair Seasaidh. Bhòt an duine aice fhèin na h-aghaidh. (td.65)
10. Thug Seonaidh rabhadh dhi gur e droch bheachd a bh' ann na loidhnichean a thoirt gu a' Bh-uas Burke le "Shreap mi an Cnoc Mòr" orra. Thuirt esan gum bu chòir dhi sealltainn dhi le bhith a' sreap na beinne còmhla ri Seonaidh agus a

charaidean. Ghabh i aithreachas sa bhad oir cha robh i cinnteach am b' urrainn dhi a dhèanamh a-rithist. (td.66-67)

11. Chunnaic Seasaidh birlinn le boireannach a' coimhead sìos oirre bho mhullach a seòmair mus deach i a chadal agus 's thuirt i rithe feitheamh airson comhairle. (td.69)

Samhla-Sùla

LIT 3-06a

Dèan dealbh de Sheasaidh anns an leabaidh nuair a bha a pàrantan a' sabaid shìos an staidhre. Mun cuairt orra, sgrìobh ceistean a bhiodh i a' faighneachd agus sgrìobh na smuaintean a bhiodh air a bhith aice. (td.65-66)

Chunnaic Seasaidh rud nèonach san rùm aice (td.68-69). Cuideigin air bàta aig muir. Fhuair sinn dealbh sgoinneil tro facail an seo. A-nis, bheir a chreids gur tu Seasaidh a' coimhead suas gu mullach do sheòmar. Dè a tha thu a' faicinn? Dèan dealbh den seo agus an uair sin, cleachd saigheadan agus inns dè na rudan a th' anns an dealbh agad.

Geàrr-Chunntas

GAI 3-19a

Gach prìomh bheachd ann am paragraf. Feumar cuideachd innse mu fhaireachdainnean agus mu na caractaran.

Smaoinich air na cuspairean a bha a' nochdadh an seo:

- deamocrasaidh
- fosgladh mu chùisean
- ionannachd (eadar Seasaidh agus Seonaidh)
- dì-chreideas
- teaghlach
- argamaid
- dealachadh

Dùbhlain a bharrachd

GAI 3-17a	Agallamh. Coimhead ri td. 51 nuair a bha Liam Doherty agus a charaidean a' cur iomadach cheist air Seonaidh. Feuch gun sgrìobh thu fhèin 4 ceistean a bhiodh tu airson faighneachd don bhalach seo a thàinig à Ameireagaidh. Dèan ceistean freagarrach, chan e ceistean le freagairtean mar 'bha', 'chan eil'. Feumaidh e na ceistean a fhreagairt le seantansan slàn!
LIT 3-29a HWB 3-01a	Mam vs Dad. Coimhead ri td. 65-66 nuair a bha Seasaidh a' beachdachadh far am bu chòir dhi a dhol nan dealaicheadh a pàrantan. Leis an fhiosrachadh air na duilleagan seo, dèan dealbh de bhòrd le dà cholbh – Mam agus Dad. Sgrìobh na rudan math mu Mham agus Dad.
HWB 3-03a LIT 3-26a	Chunnaic sinn gu bheil Seasaidh glè iomagaineach. Tha i a' smaoinichadh gu bheil a pàrantan a' dol a dhealachadh mar a dhealaich na pàrantan aig Seonaidh. Dèan bileag-fiosrachaidh ag innse do chlann far an urrainn dhaibh a dhol airson taic, comhairle agus cuideachadh fhaighinn mun seo. Bheir tiotal air do bhileag-fiosrachaidh agus cuimhnich air na rudan a leanas: <ul style="list-style-type: none">- Tiotal agus dealbh air a' chòmhdach- Càit am faigh clann cuideachadh?- Dè bu chòir do chlann dèanamh nuair a tha an teaghlaichean a' briseadh an àrd?- Agallamh air aon duilleag le cuideigin a chaidh troimhe mar-thà- Seall dha daoine nach eil iad nan aonar, tha tòrr theaghlaichean a' dol tron an seo!

GAI 3-19a
HWB 3-02a

Smaoinich mun seo – tha amannan ann agus chunnaic sinn gur dòcha gu bheil Seasaidh farmadach mu bheatha Sheonaidh agus uaireannan gu bheil Seonaidh farmadach mu bheatha Seasaidh. Bheir seachad eiseimpleirean den seo agus inns carson a bhiodh iad farmadach. Nad bheatha fhèin, a bheil farmad agad ri duine sam bith eile? Inns carson.

Ro-Eòlas

LIT 3-13a

1. Inns dè seòrsa beatha a th' aig Seonaidh anns an sgoil.
2. Ciamar a tha Seonaidh agus Seasaidh coltach agus eu-coltach ri chèile aig an aon àm?
3. Ciamar a bhiodh tu fhèin a' faireachdainn mura biodh duine sam bith gad chreidsinn?
4. An còrdadh e riut a bhith a' fuireach air an eilean beag seo? Carson?
5. A bheil càil sam bith sna naidheachdan an-dràsta a tha ag adhbharachadh còmhstrì agus sabaid? Dè do bheachd fhèin air?

Ceistean

GAI 3-17a

1. Dè am faothachadh a fhuair Seasaidh air td. 70? Ciamar a tha thu a' smaoinichadh a bhiodh i a' faireachdainn?
2. Tha Seasaidh a-nis moiteil gur e Seonaidh a co-ogha. An dùil dè thug orra a h-inntinn atharrachadh bhon turas mu dheireadh? (td.71)
3. Chuir Seasaidh suas a làmh nuair a bhruidhinn a' Bh-uas Burke mun choinneamh. A bheil thu a' smaoinichadh gur e an rud ceart a rinn i? Mìnich do bheachdan. (td.73)
4. Smaoinich thu fhèin. An e deagh rud a th' ann an deamocrasaidh? A bheil e an-còmhnaidh ag obair? Mìnich.
5. Saoil carson a thug a' Bh-uas Burke sùil ghruamach air Seasaidh? (td.73)
6. Carson a thuir an t-ùghdar "le aodann mòr cruinn agus beul a bha dha rèir"? (td.74) Dè a tha seo a' sealltainn dhuinn mu bheachdan Seasaidh?
7. Nad fhacail fhèin, mìnich dè a thachair air an raon-cluich eadar an dìthis nighean. (td.74-75)
8. "... thug an oillt an t-anail bhuaipe" (td.76) An dùil dè mar a bhiodh Marion a' faireachdainn às dèidh dhi ràdh na thuir i? Carson?
9. Saoil carson a b' e briseadh-dùil a bh' ann don chloinn eile nach deach cùisean na "b' fhaide na faclan cruaidh"? (td.76)

10. Nad bheachd-sa, carson a bha Seonaidh airson an Cnoc Mòr a shreap? (td.77-78)
11. Dè an dà inntinn a bh' aig Seasaidh mu Sheonaidh a bhith còmhla rithe a' sreap a' Chnuic? (td.78)
12. Saoil carson a bha iad ag èigheach an ruitheam den cheumannan còmhla faisg air mullach a' chnuic? (td.79)
13. Lorg am metafor air td. 81. Dè a' bhuidh a th' aig an seo air an t-suidheachadh a chaidh a chruthachadh leis an ùghdar?
14. Mìnich dè a tha seo a' ciallachadh agus inns dè seòrsa dealbh a tha a' tighinn a-steach nad inntinn leis an seo: "Tha an dìthis agaibh a' coimhead orm mar dhà bhradan a' plogartaich." (td.82)
15. Carson a tha an cnoc seo cho cudromach don bhoireannach air a' chnoc? (td.82)
16. Saoil an do chòrd an òraid aig Seonaidh rithe? Carson? (td.82)
17. Chunnaic sinn gun do ghabh iad ceum air ais airson falbh. Saoil carson a bha iad airson falbh? Am biodh tu fhèin airson falbh? Carson? (td.82)

Briathrachas

- faothachadh (td.70)
- a' luasgadh (td.71)
- cuimseach (td.71)
- cugallach (td.71)
- sgrùdadh (td.71)
- daingneach (td.71)
- ràsanach (td.72)
- cumhachd (td.73)
- dànachd (td.73)
- buaireadh (td.74)
- bragail (td.74)
- tàireil (td.74)
- dòrainn (td.74)

GAI 3-12a

- dha rèir (td.74)
- cuthach (td.75)
- bacach (td.75)
- sùrdag (td.78)
- raineach (td.78)
- preaslach (td.79)
- fuaran (td.81)
- a' plogartaich (td.82)
- òraid (td.82)
- fruis (td.83)
- cìs (td.83)
- taigh-seinnse (td.84)

Prìomh Bheachdan

LIT 3-16a

1. Cha do choimhead a' Bh-Uas Burke air na loidhnichean aig Seasaidh agus fhuair i fothachadh. (td.70)
2. Tha Seasaidh a-nis moiteil a bhith a' coimhead air Seonaidh air na rollerblades, gu tur eadar-dhealaichte bhon turas mu dheireadh nuair a bha farmad oirre. (td.71)
3. Anns a' chlas, rinn iad sgrùdadh coimeasach eadar an Eilean Fhada agus Eilean Chliara. (td.71-72)
4. Bhruidhinn iad mu dheamocrasaidh agus chuir Seasaidh suas a làmh airson a beachd mun seo a chur an cèill. Cha do chòrd seo ris a' Bh-uas Burke. (td.73)
5. Thòisich Marion Mhurphaidh buairean san raon-cluich às dèidh na sgoile, 's i a' càineadh màthair Seasaidh. (td.74) Thòisich iad a' càineadh mhàthraichean a chèile agus ag argamaid. (td.74-75) Sheas Seonaidh ri a taobh agus thòisich Marion a' càineadh a casan – nach b' urrainn dhi coiseach. (td.75)
6. Dh'fhaighnich Seonaidh am b' urrainn dhi esan a thoirt suas an Cnoc Mòr, chuir seo eagal oirre a-rithist. Chreid e i ge-tà mun shreap. (td.77-78) Rinn iad sin agus ràinig iad am mullach às dèidh tubaist beag no dhà. (td.79)
7. Chunnaic i an fhàinne-cluaise san fhuaran a-rithist agus bha fios aice, le cinnt, gun robh i air a bhith an sin roimhe sin. (td.81) 'S e Seonaidh a fhuair an fhàinne agus cho luath 's a thog e i, chuala iad guth air an cùlaibh. Bha boireannach ann an turas seo, Gràinne O'Màilidh. (td.82) Cha b' urrainn dhaibh a chreids.
8. Bha i ag innse dhaibh gur ann leathasa a bha a' mhuir, an cnoc agus bhiodh i a' toirt air daoine cìsean a phàigheadh nam biodh iad a' seòladh air a cuantan. (td.83-84)

Samhla-Sùla

LIT 3-06a

Dèan dealbh de Mharion Mhurphaidh. Leis an eòlas a fhuair sinn oirre ann an caibideil 5, dèan liosta de 6 buadhairean airson a coltas a mhìneachadh. Leis gach buadhair, tha mi ag iarraidh fianais a bhith agaibh le bhith a' togail bhriathran bhon leabhar.

Striop-comaig. Lean an turas aig Seonaidh agus Seasaidh suas an Cnoc Mòr, a' tòiseachadh bho nuair a bha iad a' coiseachd gu bonn a' Chuic. Cleachd 6 bucais agus inns dè a thachair aig gach àm. Feuch gum bi seo tarraingeach! (td. 78-80)

Chunnaic iad Banrìgh nan Spùinneadar aig mullach na beinne. Rinn an t-ùghdar dealbh dhi air td. 82-84 tro fhacail. Feuch thu fhèin a-nis dealbh a dhèanamh dhi a' cleachdadh an fhiosrachadh gu lèir air fad seo.

Geàrr-Chunntas

GAI 3-19a

Gach prìomh bheachd ann am paragraf. Feumar cuideachd innse mu fhaireachdainnean agus mu na caractaran.

Smaoinich air na cuspairean a bha a' nochdadh an seo:

- strì
- sabaid
- burraidheachd
- càirdeas
- cuideachadh dhaoine eile
- atharrachadh inntinn
- dì-chreideas
- os-nàdarra
- taic

Dùbhlain a bharrachd

TCH 3-02a SOC 3-06b SOC 3-14a	Fhuair sinn a-mach dìreach beagan mu dheidhinn an Eilean Chliara agus ionnsaigh nan Nòrmanach. (td. 71) Dèan rannsachadh agus feuch ri lorg mapa nan Lochlannach ann an Èirinn. B' urrainn dhut deitichean fhaighinn cuideachd – cuin a bha iad ann, cuin a dh'fhàg iad, dè cho fada 's a thug iad Èirinn a ghlacadh?
SOC 3-04a LIT 3-25a	Tagh dùthaich sam bith a tha thu ag iarraidh agus dèan coimeas eadar d' àite fhèin agus an àite a tha thu a' rannsachadh. Dh'fhaodadh tu coimhead ri cultar, cànan, geamaichean, biadh agus mar sin air adhart. 'S e sgrùdadh coimeasach a tha seo – dìreach mar a rinn an clas air td. 71-72.
GAI 3-27a GAI 3-30a TCH 3-02a RME 3-09d	Cothrom Sgrìobhaidh. Chunnaic sinn gun tuirte Seonaidh seo aig mullach na beinne: “chan eil beirteach a’ ciallachadh toilichte.” (td.80) A bheil thu ag aontachadh? Bheir seachad eiseimpleirean de dhaoine beirteach a tha an sàs ann am buaireadh agus eile. An e beartas an rud as fheàrr san t-saoghal?
LIT 3-16a RME 3-09b HWB 3-02a	Smaoinich mun seo – tha amannan ann agus chunnaic sinn gur 's dòcha gu bheil Seasaidh farmadach mu bheatha Sheonaidh agus uaireannan gu bheil Seonaidh farmadach mu bheatha Seasaidh. Bheir seachad eiseimpleirean den seo agus inns carson a bhiodh iad farmadach. Nad bheatha fhèin, a bheil farmad agad ri duine sam bith eile? Inns carson.

Puingeachadh

LIT 3-22a

Feuch gun cuir thu puingeachadh a-steach don seo. Feumaidh tu cuimhneachadh air litrichean mòra, cromagan, asgairean, scàran, puingean stad agus comharran-còmhradh.

gu h-obann bha e san fhollais agus thug an oillt an t-anail bhuaipe bha i air a cur na tosd bhruidhinn seonaidh tha sinne a dol dhachaigh thuirte a breith air a h-uilinn sgar an treud air an son a reircholtais 'se beagan de bhriseadh-duil a bh' ann dhaibh nach deach e na b' fhaide na faclan cruaidh

's i as lugha orm thuirte seasaidh greis mhath as deidh sin nuair a bha iad a coiseachd seachad air tobhta na h-abaid thainig bhan a phuist a-nuas an leathad seachad orra smeid a bh-uas o'leary a bhana-phost agus bean-taighe an taigh-sheinnse riutha gu sunndach de bha i a ciallachadh le coigreach dh'fhaighnich seonaidh thuirte marion gur e coigreach a bha nad athair

Faireachdainnean

GAI 3-19a

Anns gach leabhar a bhios sinn a' leughadh, bidh sinn a' faicinn gu bheil faireachdainnean an-còmhnaidh aig gach character. Anns a' chaibideil seo, tha tòrr faireachdainnean eadar-dhealaichte a' nochdadh. Glè thric, nuair a tha faireachdainn làidir aig character, bidh iad a' dèanamh rudeigin air sgàth 's sin – uaireannan rudeigin math agus uaireannan rudeigin dona. Coimhead ris an liosta de thachartasan an seo agus smaoinich air dè a thachair, dè a dh'adhbharaich e, ciamar a bhiodh daoine a' faireachdainn agus dè a' bhuidh a bh' aig sin air an sgeulachd agus air a' character.

Tachartas	Adhbhar	Faireachdainnean	Buidh
Chuir a' Bh-uas na loidhnichean aig Seasaidh dhan bhasgaid-sgudail san sgoil. (td.70)	Cha robh i idir gan iarraidh agus bha fios aig Seasaidh air an sin.	toileachas faochadh pròiseil moiteil	Fhuair i faochadh oir cha robh feum aice i fhèin a dhearbhadh dha na balaich 's a' chlann eile san sgoil. Cha robh feum aice an cnoc a shreap
Bha Seasaidh moiteil gur e Seonaidh a co-ogha. (td.71)			
Bhruidhinn Seasaidh a-mach mu choinneamh na h-oidhche raoid an aghaidh a' Bh-uas Burke. (td.73)			
Thòisich Marion Mhurphaidh a' càineadh màthair Seasaidh. (td.74)			
Thuirt Marion gum bu chòir do Sheasaidh a bhith ann an sgoil eadar-dhealaichte o chionn 's gu bheil ciorram aice. (td.75-76)			
Bha Seonaidh airson an Cnoc Mòr a shreap. (td.77-81)			
Thog Seonaidh an fhàinne-cluaise a-mach às an fhuaran. (td.81-84)			

Sgrìobh sìos na faireachdainnean ùra a dh'ionnsaich thu an-diugh:



Ro-Eòlas

LIT 3-13a

1. Dè an rud annasach a thachair aig mullach a' chnuic?
2. Ciamar a bhiodh tu fhèin a' faireachdainn nam biodh rudeigin mar sin a' tachairt riut fhèin?
3. Cò an taibhse a bh' ann? Carson a nochd i a-rithist aig mullach a' chnuic? An do rinn an dìthis aca càil sam bith san aon dòigh gach turas?
4. Nad bheachd-sa, dè a tha a' dol a thachairt a-nis? Mìnich do bheachdan.
5. Le d' eòlas air spùinneadaran, an e daoine math no dona a th' annta? Dè mu dheidhinn am boireannach seo, am bi i coltach ri spùinneadar eagalach?
6. Bruidhinn mu na cuspairean a nochd ann an caibideil 5 agus beachdaich air ciamar a nochd iad.

Ceistean

GAI 3-17a

1. Ciamar a bha an Seasaidh agus Seonaidh a' faireachdainn aig toiseach caibideil 6? Thoir seachad dà fhacal mar fhianais. (td.85)
2. Carson a bha Seasaidh a' miannachadh gum bruidhinneadh a pàrantan ri chèile? (td.86)
3. Nad bheachd-sa, dè an adhbhar a bh' ann gun robh Seasaidh airson bruidhinn ri Seonaidh mun latha aca? (td.86)
4. Inns carson nach robh breith nan uan a' còrdadh ri Seasaidh. Thoir seachad dà adhbhar. (td.87)
5. Beachdaich air an seo – am bu chòir do Sheasaidh ceist fhaighneachd mu a màthair 's a h-athair a' sgaradh no an robh i ceart a bhith ag innse mun taibhse? Dè a bhiodh tu fhèin air dèanamh? (td.88)
6. Cha robh dragh aig Seasaidh nach do chreids' a h-athair i mun Chnoc Mòr? Carson? Ciamar a bhiodh tu fhèin a' faireachdainn? (td.89)
7. Lorg an samhla air td. 89 agus mìnich a' bhuaidh a bh' aig an seo.

8. Air td. 90-91, cha do sguir Seonaidh a' bruidhinn mun Chnoc Mhòr agus na chunnaic e. Saoil carson nach do sguir e a' bruidhinn?
9. Dè a' bhuaidh a bh' aig an spùinneadar seo air beatha Sheonaidh agus Seasaidh? (td.93-95)
10. Carson a bha nòisean aig Marion do Sheonaidh? (td.96-97) Thoir seachad fianais airson do bheachdan.
11. Carson a chuir an òraid aig Seasaidh iongnadh oirre fhèin? (td.97-98)
12. Coimhead ri bonn td. 99. Smaoinich mun seo – carson a thàinig deòir ann an sùilean màthair Seasaidh nuair a thiodh iad an uan? (td.99) Gheibh thu am freagairt san aon paragraf agus le beagan smaoinichidh!
13. Dè bha a' fàgail Seonaidh cho troimhe a chèile? (td.103-105)
14. Saoil carson a b' e sin an latha a b' fhaide a dh'fhairich Seasaidh san sgoil a-riamh? (td.104) Ciamar a bhiodh tu fhèin a' faireachdainnean nan dèanadh daoine sin riut fhèin san sgoil?
15. Nad fhacail fhèin, mìnich an tubaist a thachair fhad 's a bha iad ag iasgach. (td.107-109)
16. Nad bheachd-sa, cò am bàta a shàbhail iad? (td.110)
17. Cha robh na daoine air a' bhàta a' coimhead toilichte, carson? (td.110)

Briathrachas

GAI 3-12a

- lùib (td.85)
- b' fheudar (td.85)
- ag iomain (td.85)
- sabhal (td.86)
- rùsgadh (td.86)
- a' stararaich (td.86)
- staoin (td.86)
- a' miannachadh (td.86)
- tostachd (td.86)
- an impis (td.86)
- reithe (td.87)
- clàbar (td.87)
- imlich (td.87)
- amharasach (td.87)
- buailteach (td.88)
- sgaradh (td.88)
- onair (td.88)
- a' cireaslaich (td.89)
- ciobaireachd (td.89)
- bachlagach (td.91)
- roghainn (td.91)
- sgoltadh (td.92)
- sgàrlaid (td.92)
- orc (td.93)
- teagmhach (td.93)
- co-mhealladh (td.94)
- dùrachdach (td.94)
- annas (td.95)
- nòisean (td.96)
- còmhstri (td.96)
- gràisg (td.96)
- guineach (td.97)
- dochann (td.97)
- maill (td.98)
- daingeann (td.99)
- ciaradh (td.101)
- aonach (td.101)
- feòrachd (td.103)
- siabadh (td.105)
- sgairbh-mhòr (td.105)
- freicead (td.105)
- ruathar (td.105)
- a' liùgadh (td.106)
- sumainn (td.106)
- ealanta (td.106)
- tuislich (td.107)
- ospag (td.108)
- a' plogartaich (td.108)
- a' fleodradh (td.109)
- ragachadh (td.109)
- sgiùgan (td.109)

Prìomh Bheachdan

LIT 3-16a

1. Bha iad nan aonar a-rithist agus cha b' urrainn dhaibh bruidhinn no beachdachadh air dè bha dìreach air tachairt. (td.85)
2. Cha b' urrainn do Sheonaidh an fhàinne-cluaise a lorg. (td.85)
3. Cha b' urrainn dhaibh Fodar a ghlacadh agus thug Seonaidh Seasaidh sìos air a dhruim. (td.85)
4. Bha stoirm ann an oidhche sin agus thug iad na caoraich a-steach. Bha sàmhchair aig a' bhòrd 's cha robh pàrantan Seasaidh a' bruidhinn ri chèile. Cha do chòrd seo ri Seasaidh. (td.86) Cha robh fiù 's Seonaidh a' bruidhinn agus chaidh e dhan leabaidh tràth.
5. Chuidich Seasaidh a h-athair leis na caoraich a' breith, cha robh seo a' còrdadh rithe idir. (td.87) Rugadh uan.
6. Dh'inns Seasaidh do h-athair gun deach i suas an Cnoc Mòr agus gum faca i taibhse, rinn e lachan agus thuirt e gu robh i air a bhith ga fhaicinn na cadal. (td.88-89) Thuirt e rithe gun a bhith draghail mu chàirdeas a pàrantan.
7. Chaidh an dìthis còmhla airson ball-stèidhe a chluich. Chaidh Seasaidh ann airson bruidhinn ris mun Chnoc Mhòr. (td.90-91) Cha do sguir Seonaidh a' bruidhinn mu dheidhinn. Cha do bhruidhinn iad mu dheidhinn nuair a bha daoine eile mun cuairt. (td.92)
8. Bha seo ag obair gu mòr air an inntinnean agus bha iad a' dol às an ciall, uaireannan a' bruidhinn ris an adhar. (td.93-95) Bha a' chùis gan tarraing na b' fhaisge.
9. Bha nòisean aig Marion do Sheonaidh. Thòisich i a' cur dragh air Seasaidh a-rithist mun Chnoc Mhòr. (td.96)
10. Bhruidhinn O'Màilidh troimhpe, bha i a' bruidhinn an aghaidh Marion Mhurphaidh. (td.97-98) Thuirt i gun laigheadh i air beulaibh nan digearan a bha a' tighinn airson an cnoc fhosgladh. (td.98) Chuala a màthair mun seo, rinn i i moiteil. (td.99-100)
11. Fhuair Seonaidh a-steach do sgioba na sgoile agus bha iad airson ceapanan fhaighinn. Chuir e fòn dhachaigh airson faighneachd dha athair. Bha e tùrsach

oir bha athair gu math tinn, bha feum aige air bhalbh ùr airson a chridhe. Rinn seo tùrsach e san sgoil cuideachd. (td.102-103)

12. Bha athair Seasaidh airson an toirt a-mach a dh'iasgach. (td.104)

13. Thug Marion air a h-uile duine Seasaidh a sheachnadh agus a fàgail a-mach à cùisean. (td.103-104)

Samhla-Sùla

LIT 3-06a

1. Chaidh iad a dh'iasgach agus bha iad uile air an dòigh, a' dìochuimhneachadh dè a thachair san sgoil. Cha b' urrainn do Sheasaidh iasgach agus dìreach choimhead i orra. (td.104-105)
2. Bha tubaist aca aig an iasgach. Dh'fhalbh athair Seasaidh airson lìon fhaighinn. Thuit Seasaidh a-steach don mhuir agus chaidh Seonaidh a-steach às a dèidh. Theab Seasaidh bàthadh ach ghlac Seonaidh i. Thug na tuinn iad a-mach gu muir dhan cheò. (td.107-109)
3. Shàbhail bàta iad anns a' cheò, cha deach innse dhuinn cò a bh' annta. (td.110)

Geàrr-Chunntas

GAI 3-19a

Gach prìomh bheachd ann am paragraf. Feumar cuideachd innse mu fhaireachdainnean agus mu na caractaran.

Smaoinich air na cuspairean a bha a' nochdadh ann an seo:

- aonranas
- burraidheachd
- èiginn
- spòrs
- bàthadh
- sàbhaladh
- dì-chreideas
- còmhstri

Dùbhlain a bharrachd

LIT 3-26a

HWB 3-16a

HWB 3-17a

Sàbhailteachd aig Muir. Chunnaic sinn gun robh tubaist eagalach aig Seasaidh agus aig Seonaidh nuair a bha iad ag iasgach. Cruthaich bileag-fiosrachaidh do dhaoine air mar a chumas iad iad fhèin sàbhailte timcheall air a' mhuir. Feuch gun cuimhnich thu air na leanas:

- ciamar a bhios sinn gar cumail fhèin sàbhailte?
- dè a dh'fhaodadh tachairt?
- dè bu chòir dhut a thoirt leat?
- cò dh'fhaodas mo chuideachadh?
- ciamar a gheibh mi an cuideachadh sin?
- thoir seachad rabhaidhean!

LIT 3-21a

LIT 3-23a

HWB 3-01a

Cothrom Sgrìobhaidh. Chunnaic sinn gun robh rud no dhà a' cur dragh air Seasaidh ann an caibideil 6 's cha robh i idir airson bruidhinn mu dheidhinn ri duine sam bith. Uaireannan, bhiodh i a' bruidhinn ri Seonaidh agus chunnaic sinn gun d' fhuair i faothachadh cho luath 's a bhruidhinn a h-athair agus a màthair rithe mu a pàrantan gun a bhith a' bruidhinn. A bheil àm sam bith nad bheatha nuair nach robh thu idir airson bruidhinn mu dheidhinn dè a bh' air d' inntinn? Inns mu dheidhinn agus inns mar a bha thu a' faireachdainn mus do dh'inns thu do dhuine sam bith agus mar a bha thu a' faireachdainn às a dhèidh. Saoil ciamar a bha Seasaidh fhèin a' faireachdainn. A bheil e nas fheàrr innse do dhaoine dè a tha ceàrr no a chumail agad fhèin?

Puingeachadh

LIT 3-22a

Feuch gun cuir thu puingeachadh a-steach don seo. Feumaidh tu cuimhneachadh air litrichean mòra, cromagan, asgairean, scàran, puingeann stad agus comharran-còmhradh.

**a mach as a cheo thainig fuaim gun duil am fuaim raimh
ag obair gu rithimeach na guthan muchte aig fireannaich
ag eigheach tarsainn air a mhuir dh eigh seonaidh a
rithist agus stad an tiomradh cha mhor sa bhad chuala
iad am muir a sgailceadh cliathaichean bata agus an
uair sin chunnaic iad i nochd i a-mach as a cheo air
bharr nantonn 'san toiseach aice a' sgoltadh tron uisge
dhan ionnsaigh**

**bha gairdeanan a comharrachadh cinn a sineadh a-mach
agus an uair sin ramh airson greimeachadh air shin
lamhan greosgach a bhata agus laigh iad air urlar a
bhata a plogartaich mar iasg a chaidh a chur air tir cha
robh rasar air a bhith faisg air na h-aghaidhean a bha
a coimhead sios orra aghaidhean air dath nan sion bha
breid-sula dubh air aon aca cha robh fiamh a ghaire air
duin' aca.**

- 1 Dè a th' ann an samhla?
- 2 Dè a th' ann am metafor?
- 3 Dè th' ann an abairt?
- 4 Carson a bhios sinn gan cleachdadh?

Samhlaidhean, Metaforan agus Abairtean

Ged a tha sinn gu math tric a' cleachdadh aon facal airson mìneachadh mar a tha cuideigin a' faireachdainn, aig an ìre seo, bu chòir dhuinn a bhith a' gluasad air adhart gu samhlaidhean, metaforan agus abairtean. Faigh lorg air tachartasan (co-dhiù 5) agus smaoinich air mar a bhiodh an caractar a' faireachdainn. Cho luath 's a gheibh thu faireachdainn, atharraich sin gu samhla, an uair sin metafor agus an uair sin dèan rannsachadh airson abairt a lorg. Feuch gun smaoinich thu air 5 faireachdainnean eadar-dhealaichte, rinn mise a' chiad fear.

Tachartas	Faireachdainn	Atharraich sin gu samhla	Atharraich sin gu meatfor	A bheil abairt sam bith ann?
Bha Seasaidh cho sgèth 's gun tug Seonaidh sìos air a dhruim i. (td.85)	Bha i gu math sgèth.	Bha i cho sgèth ri duine ag eacarsaich airson ùine fhada.	Laigh an sgèths' oirre.	Bha i cho sgèth ris a' chù.
Bha Seasaidh moiteil gur e Seonaidh a co-ogha. (td.71)				
Bhruidhinn Seasaidh a-mach mu choinneamh na h-oidhche raoid an aghaidh a' Bh-uas Burke. (td.73)				
Thòisich Marion Mhurphaidh a' càineadh màthair Seasaidh. (td.74)				
Thuirt Marion gum bu chòir do Sheasaidh a bhith ann an sgoil eadar-dhealaichte o chionn 's gu bheil ciorram aice. (td.75-76)				
Bha Seonaidh airson an Cnoc Mòr a shreap. (td.77-81)				
Thog Seonaidh an fhàinne-cluaise a-mach às an fhuaran. (td.81-84)				

Ro-Eòlas

LIT 3-13a

1. Mìnich mar a tha an càirdeas eadar Seonaidh agus Seasaidh air fàs làidire. Ciamar a tha seo air tachairt agus carson?
2. Bruidhinn beagan mun tubaist a bh' aig Seasaidh agus Seonaidh nuair a bha iad ag iasgach. Ciamar a thachair seo? Am b' urrainn dha seo a bhith air a sheachnadh? Dè a b' urrainn dhaibh dèanamh eadar-dhealaichte?
3. An robh tubaist a-riamh agad fhèin no aig cuideigin a tha thu eòlach air? Inns beagan mu dheidhinn.
4. Càite a bheil thusa a' smaoinichadh a tha iad a-nis? Dè a tha a' dol a thachairt riutha?
5. Nad bheachd-sa, an e spùinneadaran a bh' air a' bhàta seo? Mìnich do bheachdan.

Ceistean

GAI 3-17a

1. Saoil carson a bha Seonaidh agus Seasaidh air chrith anns a' bhàta? (td.111-112)
2. B' e rud annasach a thachair riutha an seo leis a' bhàta. Ciamar a bhiodh tu fhèin a' faireachdainn air td. 112-113 agus carson?
3. Faigh lorg air 3 pìosan fianais a tha a' sealltainn gur e daoine eadar-dhealaichte a bh' anns na daoine seo. (td.112-113)
4. Nad bheachd-sa, carson a bha am bòrd deiseil airson biadh sa chaisteal? (td.114)
5. Dè na rudan annasach a bha Gràinne air a bhith a' dèanamh air a' chloinn? (td.115-117) Thoir seachad fianais. Ciamar a tha seo annasach?
6. Chunnaic sinn gun tuirt an t-ùghdar "bha iad coma" dà thuras ann an aon paragraf. Carson nach robh iad coma agus carson a chaidh a ràdh dà thuras? (td.116)
7. Dè a th' ann am fiach? Dè am fiach a bh' aig O'Màilidh do Sheasaidh?

- (td.117)
8. “Chuir a’ mhuc dhearg sin eagal am beatha air gach seòladair a fhuair sealladh dhith.” (td.119) Carson a bhiodh eagal air daoine roimhe seo?
 9. Coimhead ri td. 119 – “Cha b’ e a choire-san a bh’ ann gum b’ e Sasannach a bh’ ann dheth.” Dè a tha seo a’ sealltainn dhuinn mu character O'Màilidh?
 10. Saoil dè an t-adhbhar a bhiodh O'Màilidh a’ cruinneachadh an stuth prìseil a bh’ aice? (td.118-119)
 11. Smaoinich air nàdar O'Màilidh – chunnaic sinn na rinn i air td. 120 ris a’ fhìobadair Portagaileach. Mìnich dè seòrsa tè a bh’ innte. Mìnich do bheachdan.
 12. Dè am facal air td. 121 a tha a’ sealltainn gu bheil i gu tur an aghaidh nan Sasannach?
 13. Thòisich Gràinne O'Màilidh a’ bruidhinn ann an guth ìosal air td. 121-122. Dè an t-adhbhar a rinn i seo?
 14. Thuirt i gu robh Ameireaga na phàrras, saoil carson a b’ e pàrras a bh’ ann do dh’O'Màilidh? (td.122)
 15. Tha i air innse gur e na h-Èirinnich a ràinig Ameireaga an toiseach barrachd na aon turas. Saoil carson a tha seo cho cudromach dhi? (td.121-123)
 16. “Tha e an-còmhnaidh nas fheàrr a bhith modhail ma tha thu airson an rud a tha thu ag iarraidh fhaighinn.” (td.124) A bheil thu ag aontachadh leis an seo? Inns carson.
 17. Ciamar a bha O'Màilidh agus a’ Bhanrìgh Ealasaid coltach ri chèile? (td.125) Dè na facail a chleachd i fhèin airson seo a shealltainn?
 18. Coimhead ri bonn td. 125 agus 126 – thuirt i gun robh i ‘s na “a’ feitheamh” – nad bheachd-sa, cò ris a tha iad a’ feitheamh?
 19. Carson a rinn O'Màilidh coimeas eadar a’ phlàigh agus an gort agus an uair sin an Cnoc Mòr? Dè an eadar-dhealachadh as motha eadar gach fear? (td.126)
 20. An dùil carson a dh’inns i na sgeulachdan seo gu lèir dhaibh? Dè am prìomh amas a bh’ aice an seo?

Briathrachas

GAI 3-12a

- suaile (td.111)
- fasgsach (td.111)
- cunbhalach (td.111)
- seiche (td.111)
- claidhte (td.112)
- morghan (td.112)
- baidealan (td.112)
- a' grunnachadh (td.113)
- tanalach (td.113)
- greòsgach (td.113)
- cumhang (td.114)
- lasrach (td.114)
- cruachainn (td.115)
- grabhan (td.116)
- fiachan (td.117)
- seanais (td.118)
- alt (td.119)
- farchluais (td.119)
- crannchur (td.120)
- aognaidh (td.121)
- mallaichte (td.121)
- dòlasach (td.121)
- creachadh (td.122)
- pàrras (td.122)
- bruid (td.123)
- sealbh (td.123)
- brìgh (td.123)
- cracte (td.124)
- tlachdmhor (td.124)
- dìon (td.126)
- an gort (td.126)
- a' phlàigh (td.126)
- a' sanntachadh (td.126)

Prìomh Bheachdan

LIT 3-16a

1. Bha iad air a' bhàta, 's iad a' coimhead na daoine mun cuairt orra a' tarraing nan ràmh. (td.111-112) Bha iad air chrith 's cha b' urrainn dhaibh bruidhinn.
2. Stad iad aig sgeirean am meadhan na mara, far an robh caisteal Rockfleet. Bha i air a bhith ann roimhe seo le a h-athair ach bha an doras an-còmhnaidh glaiste. (td.112)
3. Thug na seòladairean iad air an tràigh agus a-steach do sheòmar sa chaisteal agus bha eagal air an dìthis aca. (td.113)
4. Chaidh an toirt suas an staidhre far an robh O'Màilidh gan iarraidh, bha bòrd ann deiseil airson biadh ach cha robh duine ann. (td.114)
5. Choinnich iad ri Gràinne O'Màilidh agus thug i dhaibh an fhàinne-cluaise agus thuirt i riutha gu bheil i air a bhith a' cumail sùil orra. (td.115) Thuirt i riutha gun robh i càirdeach riutha. (td.116)
6. Bha i a' cumail Seasaidh sàbhailt oir b' e fiachan a bh' ann. B' e ise Smigean, an claigeann agus ghlèidh Seasaidh an claigeann sin agus bhruidhinn i ris. (td.117)
7. Bha stuth prìseil aice ann am bucas agus thug i air Seonaidh fhosgladh. Bha slige crùbaig ro-eachdraidheil ann agus leabhar de bhàrdachdan. (td.119)
8. B' e tè sgriosail a bh' innte – ghoid i stuth aig aon seòladair oir cha do phàigh e airson a bhith air muir O'Màilidh. (td.120)
9. Dh'inns i mun turas aice a dh'Ameireaga, dh'fhàg i an duine aice agus dh'fhalbh i le a mac. (td.121-122) Dh'inns i mar a chaidh a h-uile càil bun-os-cionn dhaibh agus dh'fheumadh iad teicheadh bhon àite. (td.123)
10. Dh'inns i dhaibh mar a chaidh i a dh'fhaicinn a' Bhanrìgh Ealasaid airson a mac iarraidh air ais. (td.123-124) Sin an t-adhbhar gun do 'chail' i Ameireaga – fhuair i a mac, 's thug i Ameireaga 'air falbh' ged nach b' ann leathasa a bha e. (td.124-125)
11. Thuirt i gun do choimhead i a h-uile càil a thachair ann an Èirinn – an gort agus a' phlàigh ach chaidh an cuir ceart. Ma thèid an Cnoc Mòr fhosgladh, cha tèid sin a chur ceart. (td.126) Cha do chòrd seo rithe oir b' ann leathasa a

Samhla-Sùla

LIT 3-06a

1. Coimhead ri td. 111, tha sinn a' faighinn beagan de choltas a' bhàta, no den bhirlinn. Mhìnich an t-ùghdar seo tro facail. Feuch gun dèan thu dealbh den bhàta seo tron fhiosrachadh a fhuair thu aig toiseach caibideil 7.
2. Dèan dealbh den bhratach aig bonn td. 118 – cò ris a tha e coltach? Feumaidh tu faclair airson gach pìos dhe airson dealbh a dhèanamh.

Geàrr-Chunntas

GAI 3-19a

Gach prìomh bheachd ann am paragraf. Feumar cuideachd innse mu fhaireachdainnean agus mu na caractaran.

Smaoinich air na cuspairean a bha a' nochdadh ann an seo:

- eagal
- spùinneadaireachd
- eachdraidh
- sgeulachdan
- duilgheadasan
- gabhail thairis
- ionnsaigh
- sàbhaladh feitheamh

Dùbhlain a bharrachd

SOC 3-05a SOC 3-06a TCH 3-02a	Rannsachadh mu eachdraidh na h-Èireann. Coimhead an àrd an dà rud a chaidh ainmeachadh air td. 126 – a’ phlàigh agus an gort. Dè a’ bhuaidh a bh’ aig seo air Èirinn agus inns dè a thachair. Saoil carson a bhruidhinn Gràinne O'Màilidh mu na tachartasan seo agus gun do rinn i coimeas ri cùis a’ Chnuic Mhòir? Feuch ri loidhne-ama a chruthachadh.
LIT 3-20a TCH 3-01a SOC 3-06b	Dealbh-cluiche le sgrìopt agus clàradh. Coimhead ri td. 123-125 nuair a bhruidhinn Gràinne O'Màilidh mun choinneamh aice leis a’ bhanrigh Ealasaid. Smaoinich air an seòrsa boireannach a bh’ innte agus smaoinich air a h-uile càil a chaidh a ràdh sa choinneamh. Nuair a sgrìobhas tu sgrìopt goirid, clàr e le iPad no inneal-clàraidh sam bith eile.

Puingeachadh

Feuch gun cuir thu **puingeachadh** a-steach don seo. Feumaidh tu cuimhneachadh air litrichean mòra, cromagan, asgairean, scàran, puingean stad agus comharran-còmhradh.

or thuir e ann an seanais 's e or a th' ann gu leir thainig greann air grainne o'mailidh chan e a chiste sin 's e sin duaisean mo bheatha gu leir am broinn sin mach a sin mach aiste bha mi a ciallachadh na teile thall an siud ri taobh na brataich san oisean an te bheag am faic thu a bhratach a sheonaidh

sgaoil seonaidh a bhratach gus coimhead oire bha muc dhearg a coiseachd tarsainn air cul-raon dubh fo each beag air a chasan-deiridh a bha dearg cuideachd a gus bha an rud gu leir air a sgeadachadh le crois-bhogha anns gach oisean agus aig a bhonn bha birlinn coltach ris an te anns an tainig iad tha mi ag innse dhut a sheonaidh na latha chuir a mhuc dhearg sin eagal am beatha air gach seoladair a fhuair sealladh dhith thuir grainne o'mailidh

A' Cur Prìomh Bheachdan ann an Òrdugh

LIT 3-15a

Leis an eòlas a th' agad a-nis (eadar td. 111-126), feuch ris na seantansan a chur dhan òrdugh cheart, a' tòiseachadh leis an tachartas a ghabh àite an toiseach.

Chaidh Gràinne O'Màilidh a dh'fhaicinn a' bhanrigh airson a mac fhaighinn air ais.

Bha stuth prìseil aice ann am bucas agus thug i air Seonaidh fhosgladh. Bha slige crùbaig ro-eachdraidheil ann agus leabhar de bhàrdachdan.

Thug na seòladairean iad air an tràigh agus a-steach do sheòmar sa chaisteal agus bha eagal air an dìthis aca.

Choinnich iad ri Gràinne O'Màilidh agus thug i dhaibh an fhàinne-cluaise agus thuir i riutha gu bheil i air a bhith a' cumail sùil orra.

Bha iad air a' bhàta, 's iad a' coimhead na daoine mun cuairt orra a' tarraing nan ràmh. Bha iad air chrith 's cha b' urrainn dhaibh bruidhinn.

Thuir i gun do choimhead i a h-uile càil a thachair ann an Èirinn – an gort agus a' phlàigh ach chaidh an cuir ceart. Thuir i nach urrainn dhaibh an Cnoc Mòr a chur ceart.

Dh'inns i mun turas aice a dh'Ameireaga, dh'fhàg i an duine aice agus dh'fhalbh i le a mac. Dh'inns i mar a chaidh a h-uile càil bun-os-cionn dhaibh agus dh'fheumadh iad teicheadh bhon àite.

Chaidh an toirt suas an staidhre far an robh O'Màilidh gan iarraidh, bha bòrd ann deiseil airson biadh ach cha robh duine ann.

Freagairtean:

Bha iad air a' bhàta, 's iad a' coimhead na daoine mun cuairt orra a' tarraing nan ràmh. Bha iad air chrith 's cha b' urrainn dhaibh bruidhinn.

Thug na seòladairean iad air an tràigh agus a-steach do sheòmar sa chaisteal agus bha eagal air an dìthis aca.

Chaidh an toirt suas an staidhre far an robh O'Màilidh gan iarraidh, bha bòrd ann deiseil airson biadh ach cha robh duine ann.

Choinnich iad ri Gràinne O'Màilidh agus thug i dhaibh an fhàinne-cluaise agus thuirt i riutha gu bheil i air a bhith a' cumail sùil orra.

Bha stuth prìseil aice ann am bucas agus thug i air Seonaidh fhosgladh. Bha slige crùbaig ro-eachdraidheil ann agus leabhar de bhàrdachdan.

Dh'inns i mun turas aice a dh'Ameireaga, dh'fhàg i an duine aice agus dh'fhalbh i le a mac. Dh'inns i mar a chaidh a h-uile càil bun-os-cionn dhaibh agus dh'fheumadh iad teicheadh bhon àite.

Chaidh Gràinne O'Màilidh a dh'fhaicinn a' bhanrigh airson a mac fhaighinn air ais.

Thuirt i gun do choimhead i a h-uile càil a thachair ann an Èirinn – an gort agus a' phlàigh ach chaidh an cuir ceart. Thuirt i nach urrainn dhaibh an Cnoc Mòr a chur ceart.

Ro-Eòlas

LIT 3-13a

1. Dè am plana a bh' aig Seonaidh agus Seasaidh le Gràinne O'Màilidh? A bheil thu a' smaoinichadh gur e plana math a bh' ann? Carson?
2. Inns 3 rudan bho caibideil 7 a tha thu a' smaoinichadh a tha gu math cudromach airson an leabhair air fad.
3. Nad bheachdsa, an creideadh duine iad nan canadh iad gun do choinnich iad ri taibhse? An creideadh tu fhèin?
4. Dè na faireachdainnean làidir a nochd ann an caibideil 7? Cò aig a bha na faireachdainnean seo agus ciamar a chaidh an sealltainn leis an ùghdar?

Ceistean

GAI 3-17a

1. Mìnich carson a choimhead iad uile air an ulaidh "le sùilean mòr". (td.143)
2. Ciamar a tha sgeulachd Seasaidh agus sgeulachd Mgr Bàrnaidh coltach ri chèile? (td.144-146) Dè a tha eadar-dhealaichte?
3. Feuch ri caractar Maighstir Barnaidh a mhìneachadh – dè seòrsa duine a bh' ann? Lorg fianais airson do fhreagairt.
4. Saoil carson a bha athair Seasaidh airson briseadh a-steach air sgeulachd a màthair? (td.147)
5. Bha Seasaidh airson innse dha màthair gun do thachair i ri taibhse O'Màilidh ach cha do dh'inns i. Dè a bhiodh tu fhèin air dèanamh agus carson? (td.148)
6. "Sin agaibh e, 's e bargan a bh' ann seach gealladh." Nad bheachdsa, carson a thuirte seo dà thuras agus sin agaibh e? (td.150) Dè a tha seo a' sealltainn dhuinn?
7. "'S e cho socair ri cat.'" (td.150-151) Dè a tha seo a' sealltainn agus dè a' bhuaidh a bh' aige?
8. Ciamar a bha màthair Seasaidh a' faireachdainn air td. 151? Carson?
9. Mìnich carson a bha an cuthach air Seasaidh nuair a nochd a' Bh-uas Burke aig an taigh. (td.154)

10. Ciamar a bha màthair Seasaidh a' faireachdainn a' bruidhinn ris a' Bh-uas Burke? Tog briathran bhon leabhar airson seo a dhearbhadh. (td.155)
11. An dùil carson a chleachd an t-ùghdar am facal "a' ruagadh" air td. 156? Dè a' bhuidh a th' aig am facal seo air an t-suidheachadh?
12. Nad bheachd-sa, mìnich carson nach robh Seasaidh ag iarraidh an latha seo a thighinn gu crìoch. (td.157)
13. Dè a thug air Seasaidh ùrnaighean a dhèanamh? (td.161)
14. "Shaoil i nach robh ann dhen duine ach...a' chòta mhòir, shalaich aige." (td.164) Fhuair sinn dealbh beag de Mhgr Barnaidh an seo ach dè a tha am paragraf seo a' sealltainn? Dè a' bhuidh a th' aig an seo?
15. Mìnich an dà thaobh de bheachdan Maighstir Barnaidh don teaghlach mun ulaidh a chaidh a lorg. (td.166-169)

Briathrachas

GAI 3-12a

- cuach (td.143)
- bìocar (td.143)
- srùb (td.143)
- spealag (td.144)
- cruach (td.145)
- smodail (td.145)
- leòn (td.146)
- creachadair (td.146)
- a' sireadh (td.146)
- gloidhc (td.147)
- beò-ghlacadh (td.147)
- a' srannartaich (td.148)
- searbh (td.148)
- as àicheadh (td.149)
- iomagain (td.151)
- a' brunndail (td.151)
- eòlaiche (td.152)
- earbsa (td.153)
- sgrùd (td.153)
- cuthach (td.154)
- mealach (td.154)
- conadal (td.154)
- broaisgeil (td.155)
- aoibhneas (td.155)
- imcheist (td.155)
- ruagadh (td.156)
- sgimilear (td.156)
- rìomhach (td.156)
- màgan (td.157)
- mèaran (td.161)
- diùltadh (td.163)
- dùrachd (td.164)
- anam (td.164)
- fèithean-fala (td.164)
- muinchill (td.164)
- gnòsad (td.165)
- fuilear (td.166)
- ùghdarrasan (td.169)
- dìolaidh (td.169)

Prìomh Bheachdan

LIT 3-16a

1. Thug iad a h-uile càil a-mach às a' chiste agus bha an cidsin a' deàlradh le òir. (td.143)
2. Dh'inns màthair Seasaidh dhi mu sgeulachd Mhgr Bàrnaidh – bha iad caran coltach ri chèile leis gun do choinnich esan cuideachd ri taibhse O'Màilidh aig mullach a' Chnuic Mhòir. (td.144-145) Thuirte e gu robh ulaidh chailte aig Gràinne O'Màilidh am badeigin air an eilean. (td.146)
3. Cha robh athair Seasaidh idir a' creidsinn na sgeòil. (td.148) Bha an dìthis aca beagan nearbhasach innse dè mar a chosgadh iad an t-airgead, bha iad air misneachd a chall le bhith ag innse mun phlana aca. (td.149) Mu dheireadh, dh'inns Seonaidh dhaibh. (td.150) Rinn seo màthair Seasaidh gu math pròiseil. (td.151)
4. Cha robh athair Seasaidh cinnteach mun phlana aca le bhith a' reic na h-ulaidh gu lèir agus an t-airgead a roinneadh le muinntir an eilein oir cha robh eòlas sam bith aca air luach gach pìos ulaidh. (td.152) Bha iad a' dol a dh'iarraidh air Mgr Barnaidh coimhead air leis gun robh eòlas aigesan air an sin. (td.153)
5. Nochd a' Bh-uas Burke aig an doras agus thàinig orra an cidsin a sgioblachadh gu math luath. (td.153) Dh'fhàg iad aon rud air doras an stòr-bìdh agus mhothaich an tidsear ris an sin. (td.155) Bha iad uile nearbhasach a' bruidhinn rithe.
6. Cha robh Seasaidh airson gun tigeadh an latha bha seo gu crìoch. (td.157) Chaidh i air a màgan airson tapadh leat a ràdh ri Seonaidh ' airson a beatha a shàbhaladh. Bha e san rùm an ath dhoras.
7. Thiodhlac iad an ulaidh ann an toll ri taobh an taigh-chirc. (td.160) Thug athair Seasaidh air falbh na fàinnichean-cluaise bhoidhpe.
8. Chaidh iad dhan sgoil an ath latha, chaidh tòrr cheistean a chur orra 's bha a h-uile duine a' bruidhinn mun deidhinn. Bha Seasaidh gu math sgèth fad an latha. (td.162)

9. Bha màthair Seasaidh airson an ulaidh gu lèir a thoirt do Mhìcheal Murphaidh airson an Cnoc Mòr a cheannach bhuaithe agus mar sin, cha deigheadh digearan faisg air. (td.164)
10. Thàinig Mgr Barnaidh agus rinn e tomhas air a h-uile càil san ulaidh. Bha e ag ràdh gun robh e prìseil agus luachmhor ach chan fhaodadh iad a reic oir thigeadh na h-ùghdarrasan às an dèidh. (td.166-169) Bha iad ro fhadalach airson an Cnoc Mòr a shàbhaladh.

Samhla-Sùla

LIT 3-06a

1. “Bha an cidsin a’ deàlradh le òr” (td.143) Coimhead ris a’ pharagraf seo agus feuch ri dealbh a dhèanamh leis a h-uile càil a’ tighinn a-mach às a’ chiste. Cùm ris an fhiosrachadh an seo.
2. Maighstir Barnaidh. Cha d’ fhuair sinn ach dealbh beag de Mhgr Barnaidh air td. 164 – duine beag, uabhasach tana. Smaoinich thu fhèin air cò ris a tha e coltach agus dèan dealbh dhe a’ suidhe san seòmar-suidhe.

Geàrr-Chunntas

GAI 3-19a

Gach prìomh bheachd ann am paragraf. Feumar cuideachd innse mu fhaireachdainnean agus mu na caractaran.

Smaoinich air na cuspairean a bha a’ nochdadh ann an seo:

- beairteas
- a’ falach / a’ ceileadh
- ulaidh
- coltas eadar caractaran
- prìseil
- coibhneas
- strì
- calpachas
- coileanadh de seann-sgeulachd

Dùbhlain a bharrachd

LIT 3-25a SOC 3-01a SOC 3-06b	<p>http://www.iisresource.org/Documents/0A4_Grace_Spanish_Armada.pdf</p> <p>http://www.theirishstory.com/2015/08/19/ireland-and-the-spanish-armada-1588/#.WOkSIhLytD0</p> <p>Rannsachadh mu Armada nan Spàinteach. Coimhead ris na ceangalaichean-lìn gu h-àrd agus rannsaich ciamar a thug seo buaidh air munntir na h-Èireann. Coimhead ris na mapaichean air-loidhne agus faic ciamar a bhiodh seo air buaidh a thoirt air an Eilean Chliara air a' chosta an iar. Cruthaich bileag-fiosrachaidh mun an seo ag innse mun Armada (an eachdraidh air a chùlaibh) agus am buaidh.</p>
LIT 3-28a LIT 3-23a	<p>Leabhar-latha. Abair latha annasach a bh' aig Seonaidh agus aig Seasaidh. Bheir a' chreid gur e thu fhèin Seasaidh no Seonaidh agus feuch ri leabhar-latha a sgrìobhadh mu dè a thachair. Cuimhnich gun inns thu dè a thachair agus ciamar a bha thu a' faireachdainn.</p>
LIT 3-26a GAI 3-30a HWB 3-05a	<p>“Agus bheil fhios agaibh dè th' ann am fìor charaid? Neach a dh'èisteachas.” (td.167) Sgrìobhadh pearsanta – a bheil thu ag aontachadh leis na thuirt Mgr Barnaidh? Sgrìobh aiste ghoirid ag innse dè a th' ann an caraid, dè a tha 'caraid' a' ciallachadh dhut fhèin agus an uair sin, bruidhinn mu do charaid as fheàrr. Carson a 's e iadsan do charaid as fheàrr?</p>

Ro-Eòlas

LIT 3-13a

1. Dèan luachadh de phlana na cloinne. An e deagh phlana a bh' ann? Inns carson.
2. Dè na beachdan a bh' aig Maighstir Barnaidh mun phlana? Ciamar a bheireadh sin buaidh air na bha iad airson dèanamh?
3. Dè a tha thu a' smaoinichadh a tha a' dol a thachairt a-nis leis a bhith a' coimhead ri tiotal de caibideil 9?
4. Nan d' fhuair thusa lorg air ciste ulaidh, ciamar a bhiodh tu a' faireachdainn agus carson?
5. Thoir seachad dà adhbhar a bu chòir dhaibh an Cnoc Mòr a shàbhaladh.

Ceistean

GAI 3-17a

1. An dùil carson a bha Maighstir Barnaidh cho toilichte gun deach a' chiste seo a lorg? (td.170)
2. "Tha an saoghal gu lèir ro òg...beò cho fada sin." (td.172) Leugh am paragraf seo agus bheir seachad do bheachd pearsanta. A bheil thu ag aontachadh le Mgr Barnaidh an seo? Carson?
3. Coimhead ri td. 173 agus mìnich Mgr Barnaidh ann an aon facal. Bheir seachad adhbhar airson an fhacail a thagh thu.
4. Chunnaic sinn gun do ruith màthair Seasaidh air ais dhan taigh a' caoineadh. (td.174) Saoil carson a bha i a' caoineadh?
5. Mìnich ciamar a bha an sanas a bh' air an telebhisean a' toirt buaidh air màthair Seasaidh. (td.175-176)
6. "...mar a bha Seasaidh an dòchas a thachradh" (td.177) Carson a bha Seasaidh an dòchas gun tigeadh a màthair suas dhan rùm aice?
7. Lorg dà phìos fianais eadar-dhealaichte a tha a' sealltainn gun robh Seasaidh air a maslachadh mun aithris. (td.176-177)
8. Ciamar a bhiodh Seasaidh a' faireachdainn nuair a thuit Marion agus a caraidean uile chun an làir? Carson? (td.179-180)

9. "...nochd ulaidh Gràinne O'Màilidh mar chlachd às an adhar." (td.182) Mìnich dè a tha seo a' ciallachadh agus inns dè bhuaidh a bh' aige.
10. Nad bheachd fhèin, dè a thachair dhan ulaidh?

Briathrachas

GAI 3-12a

- fionnairidh (td.170)
- sannt (td.170)
- crùbach (td.171)
- iodhlainn (td.174)
- spiris (td.175)
- balgam (td.175)
- stùir (td.175)
- smigeil (td.176)
- smeatach (td.176)
- gàbhadh (td.176)
- sitheadh (td.176)
- gaisgeach (td.178)
- bagarrach (td.178)
- comhair (td.179)
- gobag (td.179)
- fòghnaidh (td.180)
- prann (td.180)
- dìoghaltas (td.180)
- sitheadh (td.180)
- buadhail (td.181)

Prìomh Bheachdan

LIT 3-16a

1. Dh'fhuirich Mgr Barnaidh greiseag a' bruidhinn agus e làn thoileachas gun deach a' chiste a lorg. 'S e dearbhadh a bh' ann an seo gun robh e ceart mu taibhse Gràinne O'Màilidh. (td.170)
2. Shaoil Mgr Barnaidh gu bheil an saoghal ro òg airson smaoinichadh air na tha iad a' dèanamh ris a' Chnoc Mhòr. (td.172)
3. Dh'fhalbh Mgr Barnaidh agus thiodhlac iad an ulaidh a-rithist san toll, dh'fhàg seo màthair Seasaidh glè bhrònach. (td.174)
4. Shuidh iad uile mun cuairt an telebhisean airson na naidheachdan a choimhead. Bha sanas ann mu dhigearan agus cuaraidh agus cha robh duine ag iarraidh coimhead air màthair Seasaidh. (td.175-176)
5. Nochd iad air na naidheachdan – cha robh Seasaidh toilichte oir dh'ainmich

iad gun robh pairilis oirre. Chaidh i suas dhan rùm aice 's chuir i dheth an telebhisean. (td.176-177)

6. Choimhead iad air an aithris san sgoil agus bha Seasaidh airson a bhith na h-aonar san sgoil gun duine sam bith faisg oirre. (td.177-178)
7. Thàinig Marion Mhurphaidh a dh'innse dhi gun robh na digearan a' tighinn 's gum bu chòir dhi laighe air am beulaibh mar a gheall i. (td.178-179)
8. Nuair a thionnaidh Marion, chaidh a putadh chun talaimh agus leag i a caraidean gu lèir còmhla rithe, b' e Gràinne O'Màilidh a rinn seo do Sheasaidh. (td.180) Thug seo misneachd agus neart dhi. (td.180-181)
9. Thill iad bhon sgoil agus cha robh pàrantan Seasaidh a' faighinn lorg air an ulaidh a thiodhlac iad. (td.181-182)
10. Bha Mgr Barnaidh den bheachd gur e Gràinne O'Màilidh a thug an ulaidh air ais oir cha robh feum aca air tuilleadh leis nach robh feum sam bith ann. (td.182)

Geàrr-Chunntas

GAI 3-19a

Gach prìomh bheachd ann am paragraf. Feumar cuideachd innse mu fhaireachdainnean agus mu na caractaran.

Smaoinich air na cuspairean a bha a' nochdadh ann an seo:

- eu-dòchas
- dì-mhisneachd
- maslachd
- burraidheachd
- cliù
- fearg

Dùbhlain a bharrachd

TCH 3-01a EXA 3-14a	Choimhead an teaghlach uile air an telebhisean nuair a bha na naidheachdan air. (td.176) Cleachd iPad no inneal-clàraidh sam bith agus dèan thu fhèin prògram mu dheidhinn an tachartais, dìreach mar ann an seo.
LIT 3-26a EXA 3-02a	Litir neo-fhoirmeil. Shaoil iad uile gur e Gràinne O'Màilidh a dh'fhalbh leis an ulaidh oir cha robh feum sam bith ann tuilleadh oir cha robh iad a' dol ga chleachdadh. Bheir a' chreid gur i a rinn seo. Sgrìobh litir mar gur tu Gràinne agus inns dhaibh uile carson a dh'fhalbh thu leis a' chiste. Chan fheum e a bhith fada no foirmeil. Nuair a tha thu air do litir a sgrìobhadh, cuir teatha no cofaidh air airson a dhèanamh donn agus gu bheil e a' coimhead aost mar sheann litir.

Puingeachadh

LIT 3-22a

Feuch gun cuir thu puingeachadh a-steach don seo. Feumaidh tu cuimhneachadh air litrichean mòra, cromagan, asgairean, scàran, puingeann stad agus comharran-còmhradh.

agus bha athair seasaidh ga leantainn a-steach dhan chidsin chan eil thu fhathast ga fhaicinn a bheil ma bha e ag innse na firinn mun ulaidh agus a reir choltais bha feumaidh gun robh e ag innse na firinn mun taibhse agus an-diugh nuair a chi sinn gu bheil an ulaidh air a cladhach 's air a toirt air falbh de thuirte e rinn

tha grainne o'mailidh air tilleadh air a son tha e ag radh oir tha fhios aice nach eil an ulaidh gu feum sam bith dhuinn tuilleadh uill mas e an fhirinn a tha sin agus leigidh sinn oirnn gum foadadh e a bhith fios tha e a deanamh ciall nach eil tha a h-uile rud a ceangal ri cheile doigh air choreigin dh'fheumadh a chlann an ulaidh a lorg agus bha coir aig an ulaidh an cnoc mor a shabhaladh

Leughadh Reciprocal

GAI 3-02a

LIT 3-02a

GAI 3-17a

HWB 3-14a

Leis na cairtean-stiùiridh agaibh, dèanaibh an dùbhlán leughaidh seo agus faic cho math 's a tha sibh a' tuigsinn leth de chaibideil 9. Feumaidh sibh stiùiriche, neach a nì geàrr-chunntas, neach a nì tomhasan, neach a chuireas ceistean, neach a chuidicheas le bhith a' dèanamh ciall de dh'fhacail duilich agus cuideigin a nì dealbh nan ceann den t-suidheachdadh.

Ro-Eòlas

LIT 3-13a

1. Cò a th' ann am Maighstir Barnaidh agus carson a tha e cho cudromach sa phlot?
2. Thoir seachad 3 buadhairean airson Maighstir Barnaidh a mhìneachadh.
3. Dè an dòigh anns an do sheall Gràinne O'Màilidh gun robh i còmhla ri Seasaidh. Ciamar a chuidich seo i?
4. Thòisich na digearan a' tighinn airson an cnoc a mhilleadh. Dè a tha thu a' smaoinichadh a tha a' dol a thachairt? Carson?
5. Dè dhèanadh tu fhèin leis gun robh fios agad nach b' urrainn dhut càil sam bith a bharrachd a dhèanamh airson an cnoc a shàbhaladh?

Ceistean

GAI 3-17a

1. Mìnich carson a bha màthair Seasaidh air aontachadh mu dheireadh thall le Mgr Barnaidh? (td.185-186)
2. Dè an t-adhbhar gun do "stad tìm" air an deireadh-seachdain? (td.186)
3. Dè a' bhuaidh a bh' aig na facail seo airson an taigh-seinnse a mhìneachadh? "...a' cur thairis le daoine" (td.187) Carson nach do chleachd Morpurgo dìreach "làn de dhaoine"?
4. Chuir Morpurgo pearsan air na digearan air td. 187 – carson a rinn e seo agus dè a' bhuaidh a bh' aige?
5. Thuirt Seasaidh gur e bòstairean a bh' anns an luchd-obrach de na digearan. Carson a thuirt i seo? Ciamar a tha iad nam bòstairean? (td.187)
6. Carson a shaoil Seasaidh gur e brathadh a rinn Seonaidh oirre? (td.189)
7. Air td. 190, dè a rinn Seonaidh airson fhearg fhaighinn a-mach? Am bi thu fhèin a' dèanamh càil mar sin? Ciamar a tha e na chuideachadh?
8. Nad bheachd-sa, carson a rinn athair Seasaidh "...gàire cam"? (td.191)
9. "Cha leigeadh a' phrois leatha freagairt." (td.193) Mìnich carson a bhiodh Seasaidh pròiseil an seo.
10. Chunnaic sinn gun robh rùdanan màthair Seasaidh cho geal fo bathais. Dè a tha seo a' sealltainn dhuinn? Carson a bha iad cho geal? (td.195)

11. Carson a bhiodh plathadh dòchais ann an sùilean Seasaidh agus a màthar? (td.195)
12. Dè a tha a' sealltainn dhuinn gun robh Seonaidh agus Seasaidh toilichte mun sabotais a chaidh a dhèanamh air na digearan? (td.198-199)
13. Ciamar a bhiodh tu fhèin a' faireachdainn a' cluinntinn na naidheachd seo? Carson?

Briathrachas

GAI 3-12a

- innleachd (td.184)
- brìgh (td.185)
- a' dubadh (td.186)
- dìosganaich (td.186)
- èideadh (td.187)
- leann (td.187)
- trusgan (td.187)
- bòstair (td.187)
- sgaoth (td.187)
- buadhail (td.188)
- cumhachdach (td.188)
- luideag (td.188)
- cais (td.189)
- brathadh (td.189)
- bras (td.189)
- sìth (td.190)
- rothaigeadh (td.190)
- nimheil (td.190)
- iomair (td.190)
- toinìs (td.191)
- faoin (td.192)
- amaideas (td.192)
- Aifreann (td.192)
- dùraiginn (td.193)
- cagarsaich (td.193)
- deònaich (td.194)
- gobhlan-gaoithe (td.194)
- sparran (td.194)
- rùdanan (td.195)
- ciontach (td.195)
- mathanas (td.195)
- plathadh (td.195)
- acair (td.196)
- sitheadh (td.198)
- maill (td.200)

Prìomh Bheachdan

LIT 3-16a

1. Dh'aontaich màthair Seasaidh ri Mgr Barnaidh mu dheireadh thall fiù 's ma bha e a' ciallachadh gun robh i cracte. (td.185-186)
2. Rinn iad an slighe sìos chun nan digearan aig a' chidhe airson am buaireadh fhaicinn aig a' Chnoc Mhòr. (td.186) Thug Seonaidh Seasaidh sìos ann am bara-cuibhle. Bha mòran dhaoine an sin a' coimhead air na digearan a' tighinn. (td.187) Bha na digearan uabhasach mòr an taca ris a' chloinn.
3. Sheas Marion air mullach aon de na digearan agus thog a h-athair dealbh. Bha

- Seasaidh a' toirt sùil fhuar dhi gus an tuiteadh i. (td.187-188)
4. Bhruidhinn Seonaidh ri muinntir nan digearan agus chuir seo fearg air Seasaidh. (td.188) Shaoil i gun do rinn e brathadh oirre. (td.189) Chaidh iad a-mach air a chèile airson a' chiad turas bhon tubaist. (td.190)
 5. Chaidh Seonaidh dhan leabaidh gun càil a ràdh ri duine. (td.190)
 6. Bha màthair Seasaidh fo ghruaim oir bha i an-còmhnaidh den bheachd gun cuidicheadh cuideigin airson an cnoc a shàbhaladh. Cha robh ach aon latha air fhàgail aige. (td.191)
 7. Dhèanadh pàrantan ùrnaighean san Aifreann a-màireach. (td.192)
 8. Dhùisg Seonaidh airson a ràdh gun robh e duilich mun rud a rinn e. (td.193) Bha Seasaidh ro phròiseil a fhreagairt agus dh'fhalbh e air ais dhan rùm aige. (td.194)
 9. Chaidh Seasaidh gu Aifreann còmhla ri a màthair ach cha robh a h-aire air idir. Rinn i ùrnaigh do Dhia agus do dh'O'Màilidh. Dh'iarr i mathanas bho Dhia ach chùm i oirre co-dhiù. (td.195)
 10. Thàinig Liam a dh'innse do mhuinntir na h-eaglaise nach robh na digearan a' dol, bha cuideigin air sabotàis a dhèanamh orra. (td.195) Cha robh gin aca a' dol agus bha mòran den bheachd gur dòcha gur e màthair Seasaidh a rinn e. (td.197)
 11. Dh'inns Seonaidh dha Seasaidh gur e esan a rinn an sabotàis air na digearan, e fhèin agus athair Seasaidh. Rinn seo toilichte i. (td.198-199)
 12. Chuir iad dìreach maill air cùisean, cha do chuir iad stad air na digearan fhathast. (td.199-200)

Samhla-Sùla

LIT 3-06a

Chaidh iad sìos chun a' chidhe agus chunnaic iad an t-uabhas dhaoine agus chunnaic iad digearan uabhasach mòr. Leis an fhiosrachadh a gheibh thu bho td. 186-187, feuch ri dealbh a dhèanamh den seo.

“Bha rùdanan a màthar geal fo bathais ‘s i ag ùrnaigh.” (td.195) Dèan dealbh den seo, màthair Seasaidh san eaglais ag ùrnaigh. Mu thimcheall oirre, dèan builleagan ag innse dè a bhiodh i ar iarraidh bho Dhia. Smaoinich air co-dhiù trì rudan a bhiodh i ag iarraidh bho Dhia.

Geàrr-Chunntas

GAI 3-19a

Gach prìomh bheachd ann am paragraf. Feumar cuideachd innse mu fhaireachdainnean agus mu na caractaran.

Smaoinich air na cuspairean a bha a' nochdadh an seo:

- buaireadh
- sabaid a' tighinn gu ceann
- creideamh
- a' dol a-mach air a chèile
- còmhstri
- dì-earbs
- sabotàis
- togail dòchais
- mail

Dùbhlain a bharrachd

LIT 3-26a GAI 3-27a GAI 3-30a HWB 3-01a HWB 3-02a	Cothrom Sgrìobhaidh – Pearsanta. Brathadh – dè a th' ann am brathadh? Inns ciamar a nochd seo anns an leabhar seo. Às dèidh sin, sgrìobh mu thuras a rinn cuideigin brathadh ort fhèin. Ciamar a bha thu a' faireachdainn nuair a thachair seo? Ciamar a dhèilig thu ris? Dè a' bhuidhe a bh' aige air do chàirdeas leis an duine seo? Mura do thachair seo riut, dèan sgeulachd an àrd le caractaran.
EXA 3-03a GAI 3-27a LIT 3-28a	Còmhdach pàipear-naidheachd – thachair rudeigin annasach shìos aig a' chidhe leis gun deach sabotais a dhèanamh air na digearan a bha a' dol a mhilleadh a' Chnuic Mhòir. B' e naidheachd mhòr a bha seo don àite. Dèan còmhdach de phàipear-naidheachd a' bhaile mun tachartas seo. Feumaidh tu na leanas a chuimhneachadh airson còmhdach: <ul style="list-style-type: none">- ainm airson do phàipear-naidheachd- tiotal d' artaigil- deit- feumaidh do chiad paragraf a bhith tarraingeach agus fiosrachail- dà agallamh – aon den luchd-obrach agus aon duine a bha mun cuairt an àite- dè a tha a' dol a thachairt a-nis?

Puingeachadh

LIT 3-22a

Feuch gun cuir thu puingeachadh a-steach don seo. Feumaidh tu cuimhneachadh air litrichean mòra, cromagan, asgairean, scàran, puingeann stad agus comharran-còmhradh.

's docha gur i 's docha nach i thuirte seonaidh cha robh seasaidh ga thuigsinn agus chum e air air a shocair rinn ise sitheadh as a dheidh a slaodadh air gus a stad a-rithist de tha thu a ciallachadh bha e a lachanaich a-nis cha do smaoinich mise air thuirte e 's e d' athair a smaoinich air chan eil esan a creidsinn ann an taibhsean mar a tha sinne thainig e thugam agus dh'fhaighnich e an robh fhios agam ciamar a stobainn einnseanan nan digearan

dh'fhaisginn thu thuirte seasaidh gu firinneach dh'fhaisginn thu tha sin ok leamsa thuirte e agus b' e sin a rinn i bu toigh leatha a bhith air ruith is leum air an rathad dhachaigh ach cha b' urrainn dhi an aite sin bha i a lachanaich 's a cabadaich gun robh iad airidh air agus gun robh fadachd oirre gus an innseadh id ha mathair de dha-riribh a thachair cha thuirte seonaidh moran gus an robh iad gu bhith aig an taigh

Còmhradh Dìreach agus Còmhradh Neo-Dhìreach

GAI 3-03a

LIT 3-13a

Tha caractaran ann an leabhraichean glè thric a' còmhradh – ge-tà, chan eilear an-còmhnaidh a' cleachdadh comharran-còmhradh airson seo a shealltainn. Bidh ùghdarran glè thric a' cleachdadh an dà chuid. Dè a th' ann an:

1 Còmhradh dìreach?

2 Còmhradh neo-dhìreach?

Còmhradh dìreach

“Thugainn a Sheonaidh,” thuirte Seasaidh.

“Fhuair mi mo leòr dheth.” (td.188)

“Bheil rudeigin a' dèanamh dragh dhut?”

dh'fhaighnich Seonaidh mu dheireadh.

(td.189)

Còmhradh neo-dhìreach

Thuirte Seasaidh ri Seonaidh gu robh i airson

falbh oir bha i air gu leòr fhaicinn.

A-nis, atharraich iad seo bho còmhradh dìreach gu còmhradh neo-dhìreach. Feuch ri 5 co-dhiù a lorg – chaidh a' chiad fear a dhèanamh dhut mar eiseimpleir:

Thoir seachad facail a bharrachd nas fheàrr na thuirte:

thuirte

dh'fhaighnich

Ro-Eòlas

LIT 3-13a

1. Dè a th' ann an sabotàis? Mìnich dè a th' an seo agus dè a thachair sa phlot ann an caibideil 9.
2. Chuir iad maill air a' mhilleadh ach cha do chuir iad stad air. Dè a tha thu a' smaoinichadh a nì iad airson stad a chur air na digearan?
3. Ciamar a chaidh Seasaidh agus Seonaidh a-mach air a chèile? An deach thusa a-riamh a-mach air caraid ged nach do thuig thu an suideachadh gu lèir?
4. Inns ann an 30 diogan dè a thachair ann an caibideil 9. Cuimhnich, dìreach na rudan cudromach a dh'fheumas fios a bhith againn air.

Ceistean

GAI 3-17a

1. Bha dà faireachdainn eadar-dhealaichte aig Seasaidh air td. 202. Dè a bh' annta agus ciamar a tha fios againn?
2. Dèan luachadh air beachd Seasaidh – bha i airson i fhèin a chuideachadh. An e deagh rud a bh' an seo dhi? Mìnich carson. (td.204)
3. Coimhead ri td. 205 – nam b' e tusa Seonaidh, ciamar a bhiodh tu a' faireachdainn le Seasaidh agus carson?
4. Mìnich coltas agus nàdar aig Seasaidh air td. 206. Thoir seachad fianais airson do bheachdan.
5. Dè a tha sinn a' mothachadh a thachair le màthair Seasaidh aig bonn a' chnuic air td. 207? Ciamar a tha fios againn?
6. Nad bheachd-sa, carson agus ciamar a bha Seasaidh a' ruith tòrr na b' fheàrr agus na bu luaithe an-diugh nas àbhaist dhi? (td.207)
7. Carson a thug dràibhear nan digearan feart ris na sgeulachdan a chuala iad mu na daoine a bha an aghaidh na mèinne seo? (td.208)
8. Cò am boireannach air a bheil iad a' bruidhinn air air td. 208 a bha ag èigheach riutha aig mullach a' chnuic? Dè a tha na facail seo a' sealltainn dhuinn mu a faireachdainnean agus dè a' bhuidhe a th' aig an seo?
9. Nad bheachd fhèin, carson a thug Morpurgo dhuinn an sgeulachd bho shealladh dhràibhear an digeir? Dè a' bhuidhe a bh' aig an seo? (td.207-208)

10. Saoil carson nach robh an dràibhear airson èigheach ris a' chloinn ged a bha e feargach leotha? (td.210)
11. Dè an t-adhbhar a bha Seasaidh airson a màthair agus a h-athair fhaicinn am measg nan daoine seo gu lèir? (td.211)
12. Carson a tha e caran annasach gun do chuir athair Seasaidh stad air a màthair? (td.212)
13. Dè a' bhuaidh a bh' aig an fhacal "traogh" air td. 212? Dè a tha e a' sealltainn?
14. "Rinn am muir osna agus rinn a' ghaoth cagarsaich." (td.213) Dè a rinn an t-ùghdar an seo agus dè a' bhuaidh a bh' aige air an t-suidheachadh?
15. Saoil dè an t-adhbhar gun robh mòran dhaoine a' tighinn suas an Cnoc Mòr còmhla riutha? (td.216-217)
16. Nam bu tusa Seonaidh no Seasaidh agus gun do lean a h-uile duine suas a' bheinn sibh – ciamar a bhiodh tu a' faireachdainn agus carson?
17. Dè a bha a' fàgail Seonaidh a' coimhead timcheall gu nearbhasach air td. 219 nuair a dh'fhalbh Gràinne O'Màilidh?
18. Saoil carson a bhiodh a h-uile duine air bhioran aig mullach a' chnuic? (td.221)
19. Carson a bhiodh Mgr Barnaidh a' smèideadh mar ìompaire? (td.221) Mìnich dè a tha sealltainn gun robh e glan air a dhòigh.
20. Dè seòrsa fàilte a fhuair Mìcheal Murphaidh aig mullach na beinne? Saoil carson a fhuair e fàilte mar seo? (td.222-223)
21. Saoil carson a bha Marion a' caoineadh mus tàinig i a bhruidhinn ri Seonaidh agus Seasaidh? (td.223)
22. Nad bheachd-sa, carson a thionndaidh Marion Mhurphaidh gu na nighean shnog? (td.223)

15. Ràinig a màthair le Mgr Barnaidh ann am bara-cuibhle, bha e a' smèideadh ri daoine mar ìompaire. (td.221) Bhruidhinn e ris a' chloinn ag ràdh cho taingeil 's a bha e.
16. Mu dheireadh nochd Mìcheal Murphaidh ach cha d' fhuair e deagh fhàilte idir bhon t-sluagh. Leig e leotha fuireach air a' chnoc airson na h-oidhche sin. (td.222-223)

Samhla-Sùla

LIT 3-06a

“Bha iad an sin, na ceithir Earthbursters... a' bualadh a chèile nan cabhaig.” (td.203) Fhuair sinn dealbh glè mhath de na chunnaic a' chlann uile a' tighinn gan ionnsaigh – feuch a-nis gun dèan thu fhèin dealbh den seo.

“Cha b' fhada gus an robh mullach a' Chnuic Mhòir làn dhaoine... a' smèideadh mar ìompaire.” (td.220-221) Leugh am pàirt goirid a th' an seo nuair a tha a h-uile duine a' bualadh am boisean agus iad aig mullach a' chnuic – cuimhnich cuideachd mar a nochd Mgr Barnaidh. Dèan dealbh de na tha thu a' faicinn an seo.

Geàrr-Chunntas

GAI 3-19a

Sgrìobh gach prìomh bheachd ann am paragraf. Feumar cuideachd innse mu fhaireachdainnean agus mu na caractaran.

Smaoinich air na cuspairean a bha a' nochdadh an seo:

- treunachd
- leantailas
- strì
- a' tighinn gu ceann
- a' seasamh an àrd airson rudeigin

- leadership
- moit
- soirbheachas
- togail dòchais
- atharrachadh ann an caractar

Dùbhlain a bharrachd

GAI 3-02a LIT 3-02a	Beachdaich air an òraid a bh' aig Seonaidh mun Chnoc Mhòr. (td.212-213) Dèan deasbad sa chlas agaibh le bhith a' beachdadh air an dà thaobh. Bha aon puing aige a bha glè inntinneach – <i>Tha e mar gu bheil sinne dìreach air chuairt, ach bidh an cnoc seo gu sìorraidh.</i> (td.213) A bheil sibh ag aontachadh? Carson a tha seo cho buadhmhor?
GAI 3-17a GAI 3-19a	Agallamh le Seasaidh agus Seonaidh – tha sibh dìreach mullach a' chnuic a ruighinn agus tha sibh a' faicinn Seonaidh agus Seasaidh – feuch ri co-dhiù 5 ceistean eadar-dhealaichte a chruthachadh dhaibh mun a' chùis. Ma tha sibh ag obair ann am buidhean, faodaidh aon agaibh a bhith a' faighneachd cheistean agus feadhainn eile agaibh a bhith a' freagairt.

Briathrachas

GAI 3-12a

- fathannan (td.201)
- torman (td.202)
- beuc (td.202)
- cuidhteas (td.202)
- a' sgapadh (td.202)
- diù (td.204)
- dìg (td.204)
- leànag (td.204)
- raineach (td.204)
- daingeann (td.205)
- stòlta (td.206)
- drisean (td.206)
- bealach (td.206)
- a' brùchdadh (td.207)
- stoban (td.207)
- aoibhneis (td.207)
- feart (td.208)
- gràin (td.208)
- a' lasadh (td.208)
- mì-naomhachadh (td.208)
- conasg (td.209)
- a' gropadh (td.210)
- tac (td.211)
- casag (td.211)
- truiste (td.211)
- crios (td.211)
- beothail (td.211)
- gaisgeachd (td.212)
- spàirn (td.214)
- a' beireachdainn (td.217)
- preaslach (td.218)
- claidhte (td.220)
- cròileagan (td.220)
- a' glaothaich (td.220)
- misneachail (td.220)
- ìompaire (td.221)
- sàilean (td.223)

Prìomh Bheachdan

LIT 3-16a

1. Bha pìosan a' nochdadh air a' heileacoptair airson na digearan a chàradh. bha a' chlann ga choimhead fad an latha san sgoil agus shàraich seo a' Bh-uas Burke. (td.201-202) Thòisich na digearan a' gluasad agus bha fuaim gu math cruaidh ann. (td.202)
2. Choimhead Seasaidh a-mach air uinneag na sgoile suas an cnoc agus chunnaic i duine aig a' mhullach a' smèideadh rithe. (td.202)
3. Chaidh a' chlann gu lèir a-mach airson na digearan a choimhead agus thàinig iad uile gan ionnsaigh. (td.203)
4. Dh'fhàg Seasaidh agus Seonaidh an sgoil airson iad fhèin a chuideachadh. (td.204) Bha Seasaidh air thoiseach 's i a' dèanamh strì airson mullach a' chnuica ruighinn. Thuit i turas ach chùm i oirre a' dol. (td.205-206)
5. Chunnaic iad màthair Seasaidh aig bonn a' chnuic agus i air an t-strì a leigeil seachad a-nis. (td.207) Chùm i oirre suas an Cnoc Mòr.

6. Bha iad a' dol a stad far an robh am prìomh rathad a' fàgail a' bhealaich. (td.207) Mar sin, chan fhaigheadh na digearan seachad orra.
7. Fhuair sinn an sgeulachd bho thaobh nan dràibhearann – mar a chuir e iongnadh orra gun robh gràin cho mòr aig daoine air an obair a bha iad a' dèanamh. (td.207-208)
8. Bha Seasaidh na suidhe gu math stòlda air an talamh, an teis meadhan an rathaid gus nach faigheadh iad seachad. Thuirte Seonaidh riutha nach fhaodadh iad a dhol càil na b' fhaide. (td.209)
9. Cha robh an dràibhear airson èigheach ri Seonaidh agus Seasaidh oir bha seann bodach còmhla riutha, Mgr Barnaidh. (td.210) Dh'fhuirich a' chlann far an robh iad agus cha do ghluais iad a-mach às an rathad. (td.210-211) Stad a h-uile duine eile ann an sreath agus thàinig iad a-mach airson faicinn dè a bha a' cur maill air an obair aca. (td.210-211) Stad a h-uile clann san sgoil cuideachd airson faicinn dè a bha iad a' dèanamh.
10. Sheas Seasaidh air beulaibh an t-sluaigh agus dh'fhàg a pàrantan i an sin airson leigeal leatha dèanamh na dh'fheumadh i dèanamh. (td.212) Bha i ro nearbhasach bruidhinn agus b' fheudar do Sheonaidh a cuideachadh le bhith a' bruidhinn ris na daoine. (td.212-213)
11. Bha iad airson coiseachd suas an cnoc airson na digearan a chumail air falbh – thàinig Mgr Barnaidh agus màthair Seasaidh còmhla riutha. (td.214-215) Thionnaidh iad agus chunnaic iad mòran dhaoine eile a' tighinn suas an cnoc còmhla riutha. (td.216)
12. Nuair a bha iad aig mullach a' chnuic, chuala iad taibhse Gràinne O'Màilidh a' bruidhinn riutha a-rithist. Bha i a' cur meal-a-naidheachd orra oir fhuair iad mòran dhaoine chun a' mhullaich. (td.218)
13. Thuirte i gur e ise agus a spùinneadaran a thug an ulaidh a-mach às an talamh a-rithist. (td.219)
14. Nochd athair Seasaidh mu dheireadh agus thuirte e gun robh a màthair air a slighe suas le Mgr Barnaidh còmhla rithe. (td.220) Chaidh mòran dhaoine air ais airson plangaidean agus biadh fhaighinn. (td.221)

Puingeachadh

LIT 3-22a

Feuch gun cuir thu puingeachadh a-steach don seo. Feumaidh tu cuimhneachadh air litrichean mòra, cromagan, asgairean, scàran, puingeann stad agus comharran-còmhradh.

uill thuir maighstir barnaidh 's e a coimhead uile-thimcheall air, 's e seo a chiad uair a tha mi air a bhith a-bhos an seo airson corr is fichead bliadhna agus ma tha iad airson m' fhaighinn sìos a-rithist feumaidh iad mo shlaodadh sìos ghnog e a cheann a dh'ionnsaigh seasaidh agus seonaidh agus rinn e gaire 's na deoir na shuilean nuair a bhruidhinn e nam biodh m' ad orm thogainn i ris an dithis agaibhse agus cha do thog mise m' ad ri duine riamh na mo bheatha

cha do fhreagair duine airson greiseag a h-uile duine a coimhead ris a h-uile duine eile an uair sin choisich mathair seasaidh dìreach suas thuige chan eil failte romhad an seo a mhicheil mhurphaidh thuir i 's docha gur e seo an cnoc agadsa ach seo an t-eilean againne agus tha sinn uile ag radh nach gluais sinn as a seo gus am fag na digearan agad

Abairtean Annasach

GAI 2-12a

GAI 3-19a

Tha tòrr diofar dhòighean ann airson rudeigin a ràdh! An àite a bhith ag ràdh gu bheil rudeigin mòr, tha e mìle uair nas fheàrr abairt a chleachdadh oir tha iad ann mar-thà.

Coimhead ris na h-abairtean bho chaibideil 10 gu h-ìosal agus smaoinich air dè a tha iad a' ciallachadh. Às dèidh dhut am mìneachadh, inns dè a' bhuaidh a th' aige.

Abairt

"...chuir e an fhearg air a' Bh-uas Burke..." (td.201)

"Nochd am balach gu h-obann..." (td.209)

"...an teis-meadhan an rathaid..." (td.209)

"mean air mhean" (td.210)

"Dh'fhairich an draibhear an fhearg a' goil na bhroinn." (td.211)

"...dh'fhairich i tinn agus thraogh a gaisgeachd gu lèir air falbh sa mhionaid." (td.212)

"...a' cur eagal mo bheatha orm..." (td.219)

"...thionndaidh Micheal Murphaidh air a shàil..." (td.222)

Mìnich e

Tha e a' ciallachadh gun robh a' Bh-uas Burke feargach.

Dè bhuaidh a bh' aige?

Tha e math gun do chleachd an t-ùghdar "chuir e an fhearg air..." oir tha e mar gu bheil an fhearg a' laighe oirre mar dhuine làidir, a' sealltainn gu bheil i gu math fiadhaich.

Ro-Eòlas

LIT 3-13a

1. Dè an rud as cudromaiche a thachair ann an caibideil 10 agus carson a tha seo cho cudromach airson plota an leabhair gu lèir?
2. Nad bheachd-sa, carson a tha Marion Mhurphaidh air atharrachadh nuair a ràinig i mullach a' chnuic?
3. Carson a thog Mgr Barnaidh ad dheth gu Seonaidh agus Seasaidh?
4. A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil am plana seo air obrachadh a-mach? Ciamar?
5. Coimhead ri tiotal caibideil 11 – dè a tha cath a' ciallachadh agus carson a tha thu den bheachd a chaidh am facal seo a chleachdadh an seo?
6. A bheil càil sam bith nad bheatha fhèin a bhiodh tu airson dìon? Carson a tha seo cho cudromach dhut agus dè a dhèanadh tu airson a dhìon?

Ceistean

GAI 3-17a

1. Chunnaic sinn gu robh Seasaidh airson gun tigeadh Gràinne O'Màilidh a-rithist. Nad bheachd-sa, carson a bha i airson a faicinn? (td.225)
2. Dè an t-adhbhar gun tug O'Màilidh ceann-saighde sealbhach do Sheonaidh? (td.227)
3. Ciamar a tha Seasaidh agus Gràinne O'Màilidh coltach ri chèile? (td.226-227)
4. “S tusa nighean do mhàthar” (td.228) Carson a thuirt a h-athair seo ri Seasaidh?
5. “Nuair a bha an teine a' dol bàs, bhlàthaich seo an cridhe, agus an corp cuideachd.” (td.230) Ciamar a tha seo dèantanach? Dè dha-rìribh a tha gam blàthachadh an seo?
6. Mìnich dè seòrsa coimhearsnachd a tha sinn a' faicinn a' tighinn còmhla aig mullach na beinne. Thoir seachad dà phìos fhianais airson do bheachdan.
7. Ann an aon seantans, mìnich dè an an cnap-starra ùr a nochd dhaibh. (td.232)
8. Cò às a nochd na buill-airm mun cuairt orra aig mullach na beinne nuair a dhùisg iad? Carson a bha iad ann an sin? (td.233)
9. “mar mhac-talla den eagal a bha nan cridhe.” (td.234-235) Dè an t-eagal a bha

- nan cridhe agus dè bhuaidh a th' aig an seo air an t-suidheachadh?
10. Dè an aon ùidh a bh' aig Mìcheal Murphaidh? Dè bhuaidh a thug seo air? (td.236-237)
 11. Cha b' urrainn do dhraibhear an digeir gluasad. Dè a thachair dha nuair 's nach b' urrainn dha gluasad? (td.238)
 12. Ciamar a bha Mìcheal Murphaidh a' faireachdainn? Ciamar a tha fios againn air an seo? (td.239)
 13. Ciamar a tha fios againn gun robh eagal air draibhearan na digearan? (td.239) Carson a bha eagal gu bhith orra?
 14. Nad bheachd-sa, ciamar a bhiodh Mìcheal Murphaidh a' faireachdainn nuair a bha Gràinne O'Màilidh a' bruidhinn ris. Carson? (td.240-241)
 15. Dè am faothachadh a bh' aig Seasaidh? (td.241)
 16. Ciamar a tha fios againn gun robh an cath dha-rìreabh seachad? Dè a rinn Gràinne O'Màilidh agus a cuid spùinneadaran? (td.242)

Briathrachas

GAI 3-12a

- | | | |
|-----------------------|--------------------------|---------------------------|
| • suaineadh (td.225) | • fèist (td.230) | • glaidhc (td.236) |
| • faileasan (td.225) | • aighearach (td.230) | • glaic a chèile (td.237) |
| • èibhleagan (td.225) | • camadh (td.231) | • do-dhèanta (td.238) |
| • ròlaist (td.227) | • analach (td.232) | • oillteil (td.238) |
| • ribeag (td.227) | • camhanaich (td.233) | • cobhair (td.239) |
| • seudag (td.227) | • ball-airm (td.234) | • buadhmhòr (td.239) |
| • maille (td.227) | • osag (td.234) | • sliochd (td.240) |
| • glàm (td.228) | • do-sheachanta (td.234) | • nàire (td.240) |
| • bruich (td.229) | • mac-talla (td.235) | • sluagh (td.241) |
| • brùchd (td.229) | • daingeann (td.235) | |
| • mealladh (td.229) | • altaibh (td.235) | |
| • geur (td.230) | | |

Prìomh Bheachdan

LIT 3-16a

1. Bha iad a' gabhail fasgadh aig mullach na beinne agus bha iad uile mun cuairt an teine. B' fheudar do dh'athair Seasaidh a dhol suas agus sìos a' bheinn airson tuilleadh ghoireasan fhaighinn. (td.224-225) Rinn a' Bh-uas O'Leary barbaciù don h-uile duine. (td.225)
2. Nochd Gràinne O'Màilidh ri taobh Seasaidh aig an teine agus thug i dhi an ceann-saighde sealbhach aice fhèin airson a thoirt do Sheonaidh. (td.226-227) Fhuair i seo à Ameireaga.
3. Nochd O'Màilidh ri a h-athair cuideachd ach cha thuirt i cò bh' innte – dìreach gun robh e fortanach leis an t-seòrsa nighean a bh' aige. (td.228)
4. Shuidh an teaghlach comhla ri Mgr Barnaidh agus dh'ith iad isbeannan còmhla. (td.228-229)
5. Shuidh iad còmhla fad na h-oidhche a' seinn òrain agus a' dannsadh timcheall an teine. (td.230) Cha do mhair na faireachdainnean fada nuair a bh' aca ri dhol dhan teanta fhuar agus fliuch. (td.231)
6. Thàinig Marion fhad 's a bha iad nan cadal agus dh'inns i dhaibh gun robh a h-athair a' tighinn le tòr dhaoine airson a thighinn air an tòir. (td.232)
7. Bha innealan air feadh an àite nuair a dhùisg iad, mar gun robh iad gu bhith ann an sabaid. (td.233)
8. Chuala iad na digearan a' tighinn agus sheas iad ann an cearcall airson fuireach còmhla agus airson a h-uile duine a dhìon. (td.234) Sheas Mgr Barnaidh sa mheadhan, caran mar cheann-chinnidh.
9. Nochd na digearan agus Mgr Murphaidh – bha e feargach oir sheas iad dlùth ri chèile agus cha do fhreagair iad e. (td.236) Bha iad a' dol a chladhach na b' fhaisge agus na b' fhaisge orra. (td.237)
10. Stad aon draibhear oir chuir e eagal air a' chloinn. Smaoinich e air a' chloinn fhèin agus stad e na bha e a' dèanamh. (td.238) Chunnaic e cuideachd spùinneadaran nan deann ruith ga ionnsaigh. (td.238) Chuir seo eagal air

Mìcheal Murphaidh cuideachd. (td.239)

11. Shreap iad dha gach cab de na digearan agus ghabh iad thairis orra. Ruith na draibhearan gu lèir air falbh. (td.239)
12. Bhruidhinn Gràinne O'Màilidh ris a h-uile duine agus i a' bruidhinn gu daingeann ri Mìcheal Murphaidh leis gun robh e a' feuchainn ri gabhail thairis air an fhearann. (td.240)
13. Dh'fhalbh na spùinneadaran leis na tractaran aca agus leig iad leotha roilgeadh sìos a' bheinn. (td.242)

Samhla-Sùla

LIT 3-06a

“Chitheadh i Seonaidh ri cleasachd ... 's a' priobadh ann an solas an teine.” (td. 230) 'S e sealladh gu math snog a tha sinn a' faighinn an seo. Smaoinich air a' choimhearsnachd seo – daoine taiceil a' cuideachadh a chèile agus a' cur seachad ùine le chèile. Feuch ri dealbh a dhèanamh den seo.

“Beiridh sinn air làmhan a chèile...mar sheann cheann-chinnidh, shaoil Seasaidh.” (td. 234) Smaoinich orra uile a' seasamh còmhla agus Mgr Barnaidh nam meadhan, dèan dealbh den seo 's iad uile a' seasamh le chèile làimh ri làimh.

Coimhead ri td. 239 nuair a bha am bratach a-nis am meadhan a' chearcaill. Coimhead ris a' cho-theacsa agus am mìneachadh agus feuch ri dealbh a dhèanamh den seo.

Geàrr-Chunntas

GAI 3-19a

Gach prìomh bheachd ann am paragraf. Feumar cuideachd innse mu fhaireachdainnean agus mu na caractaran.

Smaoinich air na cuspairean a bha a' nochdadh an seo:

- brosnachadh
- fois agus sonas
- eagal
- cath
- cuthach
- coimhearsnachd
- aonachd
- soirbheachas
- buannachadh
- faothachadh

Dùbhlain a bharrachd

LIT 3-16a RME 3-01a	A' Dèanamh Coimeas – chunnaic sinn gun thuir Mgr Gerald gu robh e “Coltach ri beathachadh nan còig mìle” leis na bh’ aca de bhiadh airson a h-uile duine. (td. 229) ‘S e sgeulachd bhon Bhìoball a th’ an seo – ciamar a tha e coltach ris an t-suidheachadh aca an seo? Carson a rinn iad coimeas?
LIT 3-18a TCH 3-01a LIT 3-15a	“...ged a bha e do-dhèanta san latha an-diugh.” Bha an draibhear a’ smaoinichadh nach robh leithid de rud ann ri spùinneadaran ann san latha an-diugh. A bheil e ceart? Rannsaich beagan mu spùinneadaran san latha an-diugh. Càite a bheil a’ mhòr-chuid aca? Dè a bhios iad a’ dèanamh? Dè na rabhaidhean a th’ ann do dhaoine a tha faisg air an àite? A bheil iad air atharrachadh bho na seann-làithean?
SOC 3-06b TCH 3-01a SCN 2-14b	Bhruidhinn Gràinne O'Màilidh beagan mu a sliochd. (td. 240) Dè a th’ ann an sliochd? Dèan beagan rannsachaidh thu fhèin agus feuch ri croabh-teaghlaich a chruthachadh mun t-sliochd agad fhèin. Dè a fhuair thu bho do phàrantan? Ciamar a tha thu coltach riutha? M.e. dath do shùilean, d’ àrd, dath d’ fhalt.

Puingeachadh

LIT 3-22a

Feuch gun cuir thu puingeachadh a-steach don seo. Feumaidh tu cuimhneachadh air litrichean mòra, cromagan, asgairean, stràcan, puingeann stad agus comharran-còmhradh.

thog grainne o'mailidh a bhratach aice agus choisich i air adhart le ceum mort ha ceud cabhag air a bhith orra seo a dheanamh o chunnaic iad na h-innealan sin tha iad coltach ri balaich bheaga dìreach mar bhalaich bheaga bha na h-earthbusters a gluasad agus cha b' fhada gus an robh iad nan sreath a coimhead a dh'ionnsaigh nam bearraidhean agus greim aig na spuinneadairean air rud sam bith a gheibheadh iad

chaidh na h-einneanan a chur gu dol gu lan-neart is bha fuaim ann mar thairneanach agus an uair sin mar gun deach an leigeil as leum iad air adhart a-steach dhan raineach a leum seachad air na creagan a deanamh nan dean air na bearraidhean leum na spuinneadairean dhiubh an taobh seo 's an taobh ud eile far nan cliathaichean agus a-mach as na cabaidhean a-steach dhan raineach agus a roiligeadh air falbh

Am Modh Infinideach agus Ainmearan Gnìomhaireach

GAI 3-02a

Dèan gu math cinnteach gun aithnich thu an diofar eadar gach facal an seo. Le modh infinideach, cha bhi sinn a' cur asgair a-steach ach bidh sinn a' cur h a-steach dhan fhacal. Anns a' Bheurla - 's e seo *to do no to sing* agus a tha anns na facail seo. Ann an ainmear ghnìomhaireach, feumaidh sinn asgair a chleachdadh oir tha e a' sealltainn gu bheil sinn ga dhèanamh an-dràsta. Cuir asgair far am bu chòir dha a bhith anns gach anns gach eisimpleir agus h far a bheil sin freagarrach:

Bidh faiceallach le facail a' tòiseachadh le fuaimreagan!

Freumh	Ainmear Gnìomhaireach	Modh Infinideach
seinn	a' seinn	a sheinn
dannsa	a' danna	a dhannsa
sgrìobh		
bruidhinn		
leum		
coiseachd		
cadal		
snàmh		
coimhead		
ceartachadh		
laighe		
obair		
ith		
amharc		
eàladh		
cluich		
smèid		

Ro-Eòlas

LIT 3-13a

1. Carson a bha a h-uile duine aig mullach na beinne?
2. Dè a th' ann an coimhearsnachd? Ciamar a chaidh coimhearsnachd a shealltainn an seo?
3. An robh uair sam bith nad bheatha far an robh beachd làidir agad mu rudeigin? Am biodh e na chuideachadh nam biodh do charaidean a' seasamh còmhla riut? Ciamar a bhiodh Seasaidh agus Seonaidh a' faireachdainn le daoine gan cuideachadh? Carson?
4. Mìnich nàdar Mr Murphaidh. Mìnich mar a bhiodh na faireachdainnean aige air atharrachadh an seo. Carson?
5. Nam biodh tusa a' coimhead air a h-uile càil a thachair shuas air a' bheinn, ciamar a bhiodh tu a' faireachdainn agus carson?
6. Nad bheachd-sa, mura biodh Gràinne ann, dè bhiodh air tachairt?
7. Smaoinich air 2 rud a tha a' dol a thachairt a-nis agus mìnich carson a tha thu a' smaoinichadh a tha sin a' dol a thachairt.

Ceistean

GAI 3-17a

1. Thoir seachad dà phìos fianais a tha a' sealltainn gu robh na daoine air a' bheinn toilichte. (td.243)
2. Carson a bhiodh a h-uile duine a' sealltainn air O'Màilidh le *iongnadh agus eagal*? (td.244)
3. Dè an t-adhbhar gun robh Seasaidh a' cumail greim air Gràinne gu teann? (td.244)
4. Saoil carson nach robh Seasaidh airson gum faighnicheadh Seonaidh an còrr a cheistean mun cheann-sealbhach? (td.245)
5. *Parting is such sweet sorrow* (td.246) Carson a tha seo freagarrach an seo?
6. Nad bheachd-sa, dè na faireachdainnean a bhiodh aig Seasaidh nuair a bha a' Bh-Uas Burke ag innse dhi gun robh i ceàrr 's gun robh i a' dol a sgrìobhadh loidhnichean dhi? Carson? (td.246)
7. A bheil thu fhèin den bheachd gun robh e nàdarrach do luchd an eilein a bhith

- a' cur teagamh nam beachdan fhèin air td. 248? Mìnich carson.
8. "B' e latha glas a bh' ann le smugraich uisge, bha na tuinn cho mòr agus cha robh tìr-mòr ri fhaicinn air cùl a' cheò." (td.249) Saoil carson a chaidh an aimsir a mhìneachadh an seo? A bheil e a' riochdachadh càil sam bith a bharrachd?
 9. "...thòisich Seasaidh a' dùraiginn gun robh i air fuireach aig an taigh." (td.250) Mìnich carson a bha i airson fuireach aig an taigh.
 10. Bha iad a-nis nan deagh charaidean, nan caraidean as fheàrr. (td.252) Dè am fianais a chleachdadh tu bhon leabhar airson sealltainn cho faisg 's a bha iad?
 11. A bheil thu fhèin ag aontachadh leis a' phlana airson a' chnuic mhòir? Mìnich carson gur e plana math no dona a bh' ann. (td.254-255)
 12. Carson a chuir Seasaidh "... (agus Marion gun teagamh)..." ann am camagan? (td.256)
 13. Mìnich carson a tha Seasaidh agus Marion a-nis nan deagh charaidean.

Briathrachas

GAI 3-12a

- tuaineal (td.243)
- nàmhaid (td.243)
- tonaisgeil (td.244)
- di-beathte (td.244)
- fàire (td.245)
- irioslachd (td.246)
- claidhte (td.247)
- sgaoth (td.248)
- briseadh-dùil (td.248)
- cuilbheart (td.248)
- nimh (td.248)
- smugraich (td.249)
- fairge (td.250)
- dùraiginn (td.250)
- tàmailteach (td.251)
- fiaradh (td.251)
- a' sgrùdadh (td.251)
- piseach (td.252)
- às aicheadh (td.254)

Prìomh Bheachdan

LIT 3-16a

1. Bha a h-uile duine glan air an dòigh leis na thachair – dh'fhalbh na digearan agus Mgr Murphaidh. (td.243)
2. Thuirt Gràinne gun robh i a' falbh agus thug i beannachd don h-uile duine, gu h-àraidh do Sheasaidh. (td.244)
3. Thug Seasaidh an ceann-saighde shealbhach a thug OMàilidh dhi do Sheonaidh. (td.245) Bha an dìthis glan air an dòigh gun do bhuannaich iad 's cha robh Seonaidh airson a dhol dhachaigh. (td.246)
4. Bhruidhinn a' Bh-Uas Burke ri Seasaidh agus mhothaich i gun do rinn i a' chùis air a' bheinn mu dheireadh thall. (td.246) Bha i airson loidhnichean a sgrìobhadh dhi ag innse gun robh i duilich.
5. Bha Marion agus Seasaidh nan deagh charaidean a-nis, ach bha an dìthis aca ag iarraidh Seonaidh. (td.247)
6. Thàinig luchd pàipear-naidheachd airson aithris a dhèanamh mun rud annasach a thachair air a' bheinn. Cha do chreid iad na h-eileanaich agus thòisich iad fhèin a' cur teagamh nam beachdan fhèin. (td.248)
7. Chluich iad geama còmhla agus an uair sin ghabh iad barbiciù. (td.248-249)

8. Thug iad Seonaidh air falbh, chaidh iad air bàta-aiseig agus leig e soraidh slàn leis a charaidean ùra. (td.250-251)
9. Dh'fhalbh e, ach sgrìobh e litir gu Seasaidh ag innse mu bheatha thall aig an taigh agus mar a bha athair fhèin a' cumail. (td.251-254)
10. Dh'inns Seasaidh mun phlana a bh' aig Mgr Barnaidh airson a' chnuic – am bùrn air a' bheinn a ghlacadh ann am botal agus a reic. Rinn seo Mgr Murphaidh glè thoilichte. Mar sin, cha robh creag ri ghluasad air a' chnoc mhòr. (td.254-255)
11. Thàinig Ameireaganaich a chèilidh air Seasaidh le inneal-clàraidh. Bha iad airson a clàradh agus 's dòcha fiolm a dhèanamh den rud a thachair. (td.256)

Samhla-Sùla

LIT 3-06a

“Bha a' bhirlinn, fo làn-shèol ... gus an deach i à fianais.” (td.245) 'S e seo an sealladh mu dheireadh a fhuair sinn de Ghràinne O'Màilidh. Leis an fhiosrachadh bhon teacsa seo, feuch ri dealbh a dhèanamh de na chunnaic iad uile aig muir.

A' fàgail a' phuirt-adhair. Coimhead ri td. 251, Seonaidh a' dèanamh deiseil airson an eilean fhàgail. Smaoinich air a' chabhag a chaidh bruidhinn mu dheidhinn agus mar a bhiodh e coltach a' falbh chun a' gheata aige. Feuch ri dealbh a dhèanamh den seo – smaoinich air Seonaidh a' cur ceap buill-stèidh air ceann Seasaidh.

Geàrr-Chunntas

GAI 3-19a

Gach prìomh bheachd ann am paragraf. Feumar cuideachd innse mu fhaireachdainnean agus mu na caractaran.

Smaoinich air na cuspairean a bha a' nochdadh an seo:

- a' fàgail
- briseadh-dùil
- bròn
- coimhearsnachd
- soraidh
- siubhal
- gràdh-dùthcha

Dùbhlain a bharrachd

<p>TCH 3-01a LIT 3-24a EXA 3-04a</p>	<p>“Eilean Thaibhsean” (td.247) Fhuair na pàipearan- naidheachd a-mach mu dheidhinn an tachartais annasach aig mullach na beinne! Dealbhaich còmhdach de phàipear-naidheachd A3 leis a’ phrìomh naidheachd. Cuimhnich air na leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> - ainm do phàipear - ceann-naidheachd - deit, àireamh de phàipear-naidheachd agus prìs - dìreach na prìomh naidheachdan sa chiad paragraf - agallamh le daoine a chunnaic seo
<p>SOC 3-02a SOC 3-03a HWB 3-01a HWB 3-04a</p>	<p>“Thuirt i rium nach robh ann ach aisling mar mo dhùrachd.” (td.253) ‘S e gràdh-dùthcha an rud a bha an tidsear aige a’ ciallachadh an seo. Coimhead ris an fhacal nàiseantas. Dè a tha e a’ ciallachadh? Mìnich ar cultar ann an Alba. Mìnich d’ fhèin-aithne. Dè a tha ga do dhèanamh cho sònraichte? Ciamar a tha sinn eadar-dhealaichte bho dhaoine eile san t-saoghal? Dè a tha sinn gu math pròiseil mu dheidhinn? Am bu chòir dhuinn a bhith pròiseil? Mìnich Gàidheal a bha a’ sabaid gu mòr airson a dhùthcha. Am biodh iad air sin a dhèanamh mura biodh gràdh cho mòr aca air an dùthaich aca? Dè mu do dheidhinn fhèin? An e nàiseantach a th’ annad? Mìnich.</p>
<p>TCH 3-01a TCH 3-09a TCH 3-10a</p>	<p>Coimhead an àrd birlinn. Dè a th’ ann? Le goireasan, feuch ri birlinn beag a thogail. Feumaidh tu plana a dhèanamh air a shon an toiseach.</p>

Puingeachadh

LIT 3-22a

Feuch gun cuir thu puingeachadh a-steach don seo. Feumaidh tu cuimhneachadh air litrichean mòra, cromagan, asgairean, scàran, puingean stad agus comharran-còmhradh.

chuir seonaidh an ceap buill-steidh air ceann seasaidh chuir e e air an fhiaradh cheart agus thuir e bidh mi gad fhaicinn a sheasaidh ghabh e beagan cheumannan air ais sgriobhaidh mi thugad dh'eigh e smeid e aon uair agus bha e air falbh agus cha robh i fiu 's air an rud a bha i a ciallachadh a chantainn ris a radh gun robh i an dochas gum fasadh athair na b' fhearr

aig a gheata siubhail ann am port-adhair shionainn bha cabhag timcheall air cead-siubhail sheonaidh mus do lorg mathair seasaidh e ann am pocaid-cliahaich a bhaga tha sin tamailteach thuir i le gaire cam dh'fhaodamaid uile a bhith air tilleadh dhachaigh airson ceapairean im cno-thalmhainn agus coc tha sinn a dol gad ionndrainn gu mor a sheonaidh mo bheannachd gu d' athair cuimhnich agus dh'fhàisg i e gu teann dia maille riut thuir i

